

AITHISG BHLIADHNAIL

2014/2015

ANNUAL REPORT

2014/2015



BÒRD NA
GÀIDHLIG



Thig gam theagasc!

A bheil thu ag
iarraidh dreuchd
a bheir toileachas
agus tlachd dhut?
Ma tha, carson
nach tig thu gam
theagasc?



CLÀR-INNSE CONTENTS


TÙS-FHACAL A' CHATHRAICHE: 2014/15 CHAIR'S REPORT: 2014/15	4
LÈIRMHEAS A' CHEANNAIRD: 2014/15 CEO'S REVIEW: 2014/15	8
ADHBHAR AR N-OBRACH OUR REMIT	15
PRÌOMH CHOMHARRAN COILEANAIDH KEY PERFORMANCE INDICATORS	16

Ailean Dòmhnaillach

Cathraiche Eadar-amaill

Allan Mac Donald

Interim-Chair



TÙS-FHACAL A' CHATHRAICHE : CHAIR'S REPORT: 2014/15

Tha e a' toirt toileachas mòr dhomh Aithisg Bhliadhnaill Bhòrd na Gàidhlig a chur mur coinneimh airson na bliadhna ion-mhais 2014/15. Sa bhliadhna sin tha e air a bhith na urram dhomh a bhith nam Bhall den Bhòrd, nam Iar-Chathraiche, agus bhan Dùblachd 2014, nam Chathraiche Eadar-amaill. Bu thoigh leam taing a thoirt do Bhuill a' Bhùird, na h-oifigearan agus Riaghaltas na h-Alba airson an taice thar na h-ùine sin agus an dìcheall a tha iad air nochdadh agus sinn uile ag obair còmhla gus poileasaidhean is planaichean a dhealbh a chuidicheas le bhith gleidheadh cànan agus cultar na Gàidhlig air stèidh dhaingeann.

San t-Samhain chuir sinn fàilte air Angela Constance mar Rùnaire a' Chaibineit airson Foghlaim is Ionnsachadh Fad-beatha agus tha sinn gu mòr an comain Mhìcheil Ruiseil, a bha san dreuchd sin airson còig bliadhna ron sin, airson an taic a thug e dhuinn. Tha sinn a' cumail oirnn ag obair gu dlùth còmhla ris an Dr. Alasdair Allan, am Ministeir airson Ionnsachaidh, Saidheans agus Cànanan na h-Alba, a tha a' toirt taic, comhairle agus stiùireadh air leth feumail dhuinn.

Sa bhliadhna a dh'fhalbh, bha sinn gu sònraichte toilichte gun robh sinn air aon de ghrunn bhuidhnean com-pàirteach a thug taic-airgid, còmhla ri lomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean, do

It gives me great pleasure to present to you Bòrd na Gàidhlig's Annual Report for the financial year of 2014/15. During the year I have had the privilege of serving the Bòrd as a Member, Vice-Chair, and since December 2014, as Interim-Chair. I would like to thank my fellow Board Members, officers and the Scottish Government for their unstinting support and commitment in working together to develop policies and strategies aimed at securing a sustainable future for the Gaelic language and culture.

In November we welcomed the appointment of Angela Constance as Cabinet Secretary for Education and Lifelong Learning and warmly thank her predecessor Michael Russell who served in the post for the past five years. We continue to work closely with and value the support, advice and guidance of Dr. Alasdair Allan as Minister of Learning, Science and Scotland's languages and his department.

During the year, we were particularly pleased to be one of a number of partner organisations, in collaboration with Highlands and Islands Enterprise, who commissioned

rannsachadh a bha a' toirt sùil air, a' measadh agus a' sireadh fianais air mar a tha, agus mar a dh'fhaodadh, Gàidhlig a bhith na pàirt luachmhòr de dh'eaconamaidh is comann-sòisealata na Gàidhealtachd is nan Eilean agus na h-Alba air fad. Am measg nam priomh thoraidhean bha mar a dh'fhaodadh a' Ghàidhlig mar stòras eaconamach a bhith cur eadar £82m is £149m ri eaconamaidh na h-Alba gach bliadhna.

Gus dèanamh cinnteach gum bithear a' cur èifeachdas an sàs agus gum faigh sinn luach-an-airgid às na tha sinn a' cosg, tha am Bòrd a' cumail air a' sgrùdadh siostaman riaghlaidh na buidhne, agus ann an 2014/15 thug sinn sùil shònraichte air Rian air Cunnartan, agus chuir sinn trèanadh a dh'aonaghnothach air dòigh a thaobh Leabhran Ionmhas Poblach na h-Alba airson an luchd-stiùiridh, an sgioba ionmhais agus an Cathraiche. Chaidh Còd Giùlain coileanta aontachadh leis a' Bhòrd sa Ghiblean.

Mar phàirt de Phrògram an Riaghaltais, tha dùbhlan ann do Bhuidhnean Poblach gum bi an dà ghin, fireann agus boireann, air an riochdachadh 50:50 ro 2020. Tha mi toilichte a ràdh gu bheil am Bòrd air an targaid sin a choileanadh ann an 2014/15.

Sa Mhàrt 2015 chuir sinn fàilte air Iain Caimbeul mar Cheannard is an t-Oifigear Cunntachail ùr a bhios a' stiùireadh Bòrd na Gàidhlig agus sinn toirt a' Phlana Cànan Nàiseanta Ghàidhlig 2012-17 gu buil, agus a bhios a' gabhail ris an dùbhlan còmhla ris a' Bhòrd plana ùr a dhealbh a bheir piseach is leudachadh air cùisean sna còig bliadhna às déidh sin. Tha mòran eòlais aig Iain mar àrd-mhanaidsear le Ceuman Maighstireil aige ann an Eaconamachd Roinneil, Rianachd Gnothachais agus Leasachadh Dùthchail, agus tha eòlas farsaing aige air rannsachadh na Gàidhlig agus a' dèanamh mion-sgrùdadh air gnothachas.

research which considered, evaluated and evidenced the current and potential use of Gaelic as an asset to the economy and society in the Highlands and Islands and Scotland as a whole. Amongst its key findings was that the potential economic value of Gaelic as an asset to the Scottish economy could be in the region of between £82m - £149 million.

In the interests of efficiency and value for money, the Bòrd continues to review its own internal processes throughout the year, and in 2014/5 we placed renewed focus on Risk Management, and engaged in special training in relation to the Scottish Public Finance Manual for all senior management, the finance team, and the Cathraiche. A model Code of Conduct was approved by the Bòrd in April.


As part of the Programme for Government (PfG) there is a challenge for Public Bodies to achieve a 50:50 gender representation by 2020. I am pleased to report that the Board achieved this target in 2014/15.

In March 2015 we welcomed the appointment of Iain Campbell as Ceannard and Accountable Officer to lead the Bòrd in the delivery of the current National Gaelic Language Plan 2012 -17, and to undertake the challenge with the Bòrd of devising a new plan for growth and improvement for the five years thereafter. Iain is an experienced senior manager and with Masters Degrees in Regional Economics, Business Administration and Rural Development, with wide experience in Gaelic research and business analysis.



Buill is Luchd-obrach Bòrd na Gàidhlig 2015
Board Members and Staff 2015

A' fàs na Gàidhlig Growing Gaelic



Chaidh Iain a chur san dreuchd às dèidh do dh'lain Aonghas MacAoidh a dhreuchd mar Cheannard is Oifigear Cunntachail a leigeil dheth às dèidh ceithir bliadhna. Dh'oibraich Iain Aonghas gu cruaidh agus gu dicheallach gus an cànan is an cultar a thoirt air adhart. Dh'ùraich e modhan-riaghlaidh a' Bhùird, thog e dàimhean ùra is soirbheachail le buidhnean is daoine eile agus fo a stiùr chaidh adhartas nach bu bheag a dhèanamh ann a bhith dealbh agus a' toirt cinn-uidhe a' Phlana Càinain Nàiseanta Ghàidhlig gu buil, gu h-àraighe a thaobh obair le Ùighdarrasan Ionadail ann an raon an fhoghlaim.

Chuir sinn fàilte air dithis Bhall ùr don Bhòrd, Fiona O'Hanlon agus Dòmhnull MacLeod, agus tha iad a' tighinn thugainn le eòlas a tha gu sònraichte feumail nuair a thig e gu cùisean foghlaim. Sa bhliadhna a tha air thoiseach oirnn tha sinn an dùil fàilte a chur air tuilleadh bhuill ùra air a' Bhòrd.

Thug sinn taing do is ghabh sinn slàn le Seona NicFhillInnein a thàinig gu deireadh na h-ùine aice mar Bhall a' Bhùird. Leis an eòlas a fhuair i mar bhall de Bhuidhnean Poblach eile, agus leis an eòlas a th' aice air an roinn phriobhaidh, b' urrainn do Sheona am Bòrd a chuideachadh gu mòr le cùisean co-cheangailte ri riaghlaidh is planadh ro-innleachdail.

Sa Mhàrt, bhruidhinn am Bòrd agus an Sgioba Stiùiridh mu na poileasaidhean agus ro-innleachdan air am biodh prìomhachas agus sinn a' dol a-steach gu dàrna leth-ùine a' Phlana Càinain Nàiseanta Ghàidhlig (2012-2017) a th' agaunn an-dràsta, agus mar ullachadh airson a' phlana ùr a thèid na àite airson nan còig bliadhna às dèidh sin.

The appointment followed the retirement of John Angus MacKay from his post as Ceannard and Accountable Officer after four years. John Angus, a tireless campaigner for the language and culture, reformed the Board's internal administration processes, created new and positive external relationships, and oversaw significant progress in developing and delivering the objectives of the National Plan, particularly in relation to the work with Local Authorities in the field of education.

We welcomed the arrival of Fiona O'Hanlon and Donald MacLeod as Members of the Bòrd, and particularly value their contribution to our debates on Gaelic education. During the coming year we expect to make further appointments to add to the current membership of the Bòrd.

We said goodbye to Board Member Shona MacLennan. With her previous experience of membership of other Public Bodies, and with her experience in the private sector, Shona was able to make a strong contribution to Board governance and strategic planning.

In March, the Board and Senior Management discussed the strategic and policy approaches which will take priority as we begin the implementation of the second half of the current National Gaelic Language Plan (2012-2017), and in preparation for the new 5-year national plan which will follow.

Am measg nan nithean as cudromaiche a tha gu bhith ann san ùine sin, tha am Bile Foghlaim (Alba) ùr a tha gu bhith brosnachadh foghlam tron Ghàidhlig le bhith fàgail dleastanas air comhairlean, ma gheibh iad iarrtas bho phàrant airson foghlam bun-sgoile tron Ghàidhlig, measadh a dhèanamh feuch a bheil feum air a leithid, agus bidh dleastanas air comhairlean taic ghniomhach a thoirt do agus sanasachd a dhèanamh air ionnsachadh is teagasc na Gàidhlig ann an sgoiltean. 'S e iomairt fior mhath a tha seo bho Riaghaltas na h-Alba, ach tha e a' dol a dh'fhàgail dleastanasan leantainneach a bharrachd air oifigearan is stòrais a' Bhùird agus sinn le chèile ag obair a dh'ionnsaigh an aon amais, an àireamh dhaoine a tha ag ionnsachadh, a' bruidhinn agus a' cleachadh a' chàin a chur am meud.

Le bhith toirt taic do choimhairsnachdan, bidh am Bòrd a' toirt prìomhachas do dh'obair, pròiseactan agus iomairtean a tha ag amas gu sònraichte air daoine aois 0-30 agus pàrانت le clann òga. Bidh am Bòrd cuideachd a' dèanamh oidhprise com-pàirteachasan ro-innleachdail a thogail le buidhnean eile an lùib nan diofar raointean sam bi sinn ag obair, ach gu h-àraighe na h-ealain, agus leigidh sin leinn cuideachadh barrachd le bhith toirt Builean Nàiseanta Riaghaltas na h-Alba gu buil, cho math ri leasachaidhean càinain.

San ùine ghoirid agam mar Chathraiche Eadar-amail, tha mi air a bhith gu math moiteil às mar a tha luchd-obrach a' Bhùird ag obair gu dìcheallach agus gu dìoghrasach aig àm nuair a tha am mòr-shluagh a' suileachadh barrachd is barrachd bhuapa. Tha am Bòrd air aontachadh ri moladh bhon Cheannard gun tèid sgrùdadh neo-eisimeileach a dhèanamh air sgioba-obrach a' Bhùird, gus dèanamh cinnteach gum bi an structair luchd-obrach againn iomchaidh airson na h-ùine ri thigheann, agus gun tèid againn air nas urrainn dhuinn a dhèanamh gus taic a chumail ri ar n-oifigearan ann a bhith coileanadh nan dleastanasan aca.

San Ògmhios, tòisichidh luchd-obrach a' dealbh Plana Càinain Nàiseanta Gàidhlig ùr airson 2017-22. Sa chìad dol a-mach, bithear a' sgrùdadh dàta agus a' measadh a' phlana a th' ann mus tòisich sinn air pròiseas farsaing tràth ann an 2016 gus beachdan a' mhòr-shluagh a shireadh.

Tha fios agam gum faod mi seo a ràdh às leth a' Bhùird air fad agus nan oifigearan, gu bheil sinn a' coimhead air adhart gu mòr ri bhith cluinnit bhuuibh aig àm nuair a tha dùblain am pailteas ron Ghàidhlig, ach aig àm gu math dòchasach cuideachd agus sinn a' dealbh na slighe air adhart còmhla.

Ailean Dòmhnaill
Cathraiche Eadar-amail
Bòrd na Gàidhlig

Particularly important during this period will be the progress of the new Education (Scotland) Bill which aims to promote Gaelic education by placing a duty on councils both to assess the need for Gaelic-medium primary education following a parental request, and to actively promote and support Gaelic learning and teaching in schools. This very welcome initiative from the Scottish Government will however, place an additional and ongoing responsibility on the Board's officers and resources in delivering our joint objective to secure an increase in the number of people learning, speaking and using the language.

In supporting the wider community, the Bòrd will give key prioritisation to actions, projects and initiatives which prioritise those aged 0 – 30 and the parents of the younger children. It will also actively take the initiative to seek strategic partners amongst other agencies across our responsibilities but particularly in the arts, to enable us to better contribute to the delivery of the Scottish Government's wider National Outcomes, as well as language development.

During my short time as Interim-Chair, I have been singularly impressed by the dedication and commitment of the Bòrd's staff in the face of increasing public expectation, and the Bòrd has approved the Ceannard's recommendation that we should undertake an independent review of our human resources, to ensure that as we go forward, our structures are fit for purpose, and that we do all we can to support our officers in delivering their responsibilities.

In June the staff will begin work on drafting a new National Gaelic Language Plan for the years from 2017 – 22. The first phase will concentrate on data analysis and evaluation of our existing plan before we begin an extensive public consultation process early in 2016.

I know I speak for all the Bòrd and its officers in saying we are very much looking forward to engaging with you at a time when there is much to be seen as challenging for the Gaelic language but much to be optimistic about too as we chart a way forward together.

Allan Mac Donald
Interim-Chair
Bòrd na Gàidhlig.

Iain Caimbeul
Ceannard

Iain Campbell
CEO



LÈIRMHEAS A' CHEANNAIRD: CEO'S REVIEW: 2014/15

Tha e mar dhleastanas orm agus na thoileachas dhomh, agus mi nam Oifigear Cunntachail bhon 1 Giblean 2015, tús-fhacal a thoirt dhuibh airson Aithisg Bhliadhnailean Bhòrd na Gàidhlig 2014/15.

Tha Bòrd na Gàidhlig a' stiùireadh mar a thèid na Priomhachasan Leasachaidh sa Phlana Cànan Nàiseanta Ghàidhlig a thoirt gu buil le bhith toirt maoineachadh do bhuidhnean nàiseanta, sgìreil is ionadail eile, agus tro bhith ag obair le com-pàirteachasan a thogas is a ghlèidheas bun-stèidh thaiceil a chuidcheas gus an cànan a thoirt am feabhas air feadh Alba.

Tron bhliadhna, thug Buidheann-stiùiridh na Ro-innleachd Nàiseanta airson Foghlam Gàidhlig, aig a bheil riochdarean bho dhiofar bhuidhnean, taic phrìseil do dhiofar leasachaidhean ann am Foghlam Gàidhlig. Chaidh ro-innleachd airson nan Tràth-bhliadhnaichean a dhealbh mar phàirt de phoileasaidhean a tha an Riaghaltas a' stèidheachadh a thaobh Cloinn is Òigridh; chaidh frèam ro-innleachdail a dhealbh airson Gàidhlig do dh'Inbhidh às dèidh don Bhòrd beachdan a shireadh bho dhiofar bhuidhnean a tha toirt chùrsaichean seachad agus bho luchd-ionnsachaidh fhèin; agus chaidh tuilleadh obrach a dhèanamh air planaichean gus Foglam

As Accountable Officer from 1 April 2015, it is my responsibility to provide a foreword to Bòrd na Gàidhlig's Annual Report for 2014/15.

Bòrd na Gàidhlig manages the delivery of Developmental Priorities in the National Gaelic Language Plan through the funding of other national, regional and local organisations, and working through strategic partnerships to build and maintain a supportive infrastructure for the revitalisation of the Gaelic language across Scotland.

During the year, the multi-agency National Gaelic Education Strategy Steering Group provided solid support for developments in Gaelic education. A strategy for Early Years work was formulated within the Context of developing Government policy with regard to Children and Young people; the Bòrd working with a range of course providers and learners developed a strategic framework for Gaelic learning for adults; and further work was undertaken to develop strategies for expanding the provision of Gaelic Secondary Education. Implementation of these strategies will require realignment of resources in the future.



A' clàradh bhideoan 'Thig Gam Theagasc' 2014
Recording 'Thig Gam Theagasc' videos 2014

Gàidhlig san Àrd-sgoil a leudachadh. Ma thathar a' dol a thoirt nan amasan leasachaидh sin gu buil, feumar airgead a ga chosg mu choinneamh nithean eile an-dràsta a għluasad gu bhith air a chosg mu choinneamh nan amasan sin.

Rinneadh tuilleadh adhartais ann a bhith trusadh thidsearan, pàirt fior chudromach de na planaichean gus fogħlam Gàidhlig a thoirt air adhart is a leudachadh. Gus cur ris na cùrsaichean oideachaидh is ionnsachaيدh a bh' ann mu thràth do thidsearan, thug am Bòrd taic-airgid, ann an co-bhuinn ri Riaghaltas na h-Alba agus Ùghdarrasan Ionadail, do chùrsa ùr, *Cursa Bogaidh Gàidhlig do Thidsearan (CBGT)*. Chaidh an cùrsa a dhèanamh gus na sgilean càinain is oideachaيدh aig tidsearan, a bha teagasc mu thràth, a leasachadh feuch am b' urrainn dhaibh gluasad gu bhith teagasc tron Ghàidhlig. Rinn naodhnar thidsearan an cùrsa a bha air a ruith le Oïlthigh Srath Chluaidh ann an Glaschu, agus bidh na tidsearan sin a' cur ris an fhichead 's a seachd thidsearan Gàidhlig ùra a thathar an dùil a bhios a' ceumnachadh san Ògmhios 2015. Cuideachd, thoisich sinn air còmhraidhean mu bhith tòiseachadh a' ruith an sgeama ann an Roinn na Gàidhealtachd sna bliadhnaichean air thoiseach le maoineachadh bhon Bhòrd agus maoineachadh bho bhuidhnean com-pàirteach.

Further progress has been made in relation to teacher recruitment, a crucial element in strategies to develop and extend the provision of Gaelic education. To complement the existing courses for teacher education and learning the Bòrd funded, in partnership with Scottish Government and Local Authorities, a new course, *Gaelic Immersion for Teachers (GIFT)*. This course was designed to enable existing teachers to develop their language and pedagogic skills so as to be able to transfer to teaching through the medium of Gaelic. Nine teachers joined the course run by Strathclyde University in Glasgow, augmenting the pool of twenty-seven probationer Gaelic teachers expected to graduate in June 2015. Discussions were also initiated with the aim of running this scheme within the Highland Council area in future years, with Bòrd and other partnership funding.



Gus an tuilleadh chothroman oideachaidh is ionnsachaidh a stèidheachadh do thidsearan, tha am Bòrd cuideachd air taic-airgid a chur ri taic bho Riaghaltas na h-Alba airson cùrsa ùr do thidsearan Àrd-sgoile a tha ga ruith aig Sgoil MhicNeacail ann an Steòrnabhagh agus aig Colaiste a' Chaisteil OGE. 'S e cùrsa air leth adhartach a tha seo agus ma shoirbhicheas leis a' chùrsa seo mar mhodail, dh'fhaodte a thabhan ann an sgìrean eile de dh'Alba.

'S e leasachaidhean mòra a th' anna seo, a tha a' dearbhadh gu bheil miann làidir ann fuasglaidhean innleachdach a lorg air duilgheadasan le trusadh a bha ron seo a' a' fàgail dùbhlannach bu bheag romhainn. Thèid an àireamh thidsearan an àirde ri linn nan sgeamaichean ùra seo agus thèid iad sin an àite nan tidsearan a bhios a' leigeil dhiubh an dreuchd. Cuidichidh sin Ùghdarrasan Ionadail le bhith frithealadh air iarrtasan bho phàrantan airson foghlam tron Ghàidhlig a dh'fhaodas iad a chur a-steach tro mhodhan ùra a tha nam pàirt den dreachd de Bhile an Fhoghlaim (Alba) a chaidh fhoillseachadh sa Mhàrt 2015.

Chaidh an àireamh chloinne air Priomh a h-Aon ann am foghlam tron Ghàidhlig ann an Alba an àirde gu 556 duine-cloinne san Lùnastal 2014 – suas 18% bhan a' bhliadhna ron sin. Tha sin mar thoradh air an iarrtas bho phàrantan, agus air na h-iomairtean innealta a dh'aona-ghnothach a chuir am Bòrd air dòigh, ann an com-pàirt ri Comunn nam Pàrant is Ùghdarrasan Ionadail, agus iad a' cur na Gàidhlig air adhart agus a' toirt seachad fiosrachadh air na buannachdan a gheibhean bho dà-chànanas is foghlam tron Ghàidhlig.

To help further to increase opportunities for teacher education and learning, the Bòrd also provided funding to supplement Scottish Government support for a new course for Secondary teachers based at the Nicolson Institute in Stornoway and Lewis Castle College UHI. This is a highly innovative course and if the course model proves to be successful, it could be replicated in other areas of Scotland.

These are significant developments; demonstrating growing determination to provide innovative solutions to what had previously seemed challenging recruitment problems. The new schemes will expand the number of teachers available to fill posts vacated through retirement, and enhance the ability of Local Authorities to meet future parental requests for Gaelic-medium education under the new process set out in the draft Education (Scotland) Bill published in March 2015.

In August 2014 the Primary One Gaelic-medium enrolment throughout Scotland rose to 556 children - an 18% increase on the previous year. This is testimony to existing parental demand supported by innovative, targeted promotional advertising campaigns led by the Bòrd, in conjunction with Comunn nam Pàrant and Local Authorities, promoting Gaelic and providing information on the benefits of bilingualism through Gaelic-medium education.

Ann an 2014/15, chùm luchd-obrach Thràth-bhliadhnaichean a' Bhùird orra le obair gus taic is maoineachadh a thoirt do Bhuidhnean 0-3, an àireamh chloinne a fhuair cothrom air a' Ghàidhlig a mheudachadh, agus gus daoine a bhrosnachadh gu bhith cur an cuid chloinne gu sgoiltean-àraich Gàidhlig agus an uair sin gu Prìomh a h-Aon ann am foghlam tron Ghàidhlig.

Thòisich Comhairle na Gàidhealtachd an-uiridh a' togail bun-sgoil Ghàidhlig fa leth ann an Loch Abar faisg air a' Ghearasdan, agus tha iad air tòiseachadh air tèile a thogail ann am Port Righ. Thòisich Comhairle Baile Ghlaschu a' cur air dòigh dàrna bun-sgoil Ghàidhlig fa leth sa bhaile a bhios suidhichte air an làrach far a bheil Bun-sgoil Ghleann Dail mu thràth ann an Ceann a Deas a' bhaile. Bidh na sgoiltean ùra seo a' dùblachadh àireamh nan sgoiltean Gàidhlig fa leth ann an Alba, le feadhainn ann an Dùn Èideann, Glaschu is Inbhir Nis mu thràth. Tha an co-dhùnadhbh a rinn Comhairle Siorrhachd Àir an Ear gus foghlam tron Ghàidhlig 3-18 a thabhan air làrach-sgoile ùr ann an Cille Mheàrnaig a' dol a chur gu mòris na cothroman air foghlam Gàidhlig san sgire sin.

Ged a tha sinn air leudachadh iongantach fhaicinn sna beagan bhliadhnaichean a chaidh seachad ann an sgoiltean is aonadan Gàidhlig sna bailtean-mòra, tha tòrr den chloinn a tha ann am foghlam tron Ghàidhlig ann an sgoiltean dùthchail. Ma tha an leudachadh a' dol a leantainn, chan e a-mhàin gum feumar sgoiltean Gàidhlig ùra a stèidheachadh, ach cuideachd feumaidh an àireamh sgoilearan a tha a' tòiseachadh sna sgoiltean is aonadan a th' ann mu thràth a dhol an àird. Sa bhliadhna a chaidh bha sinn toilichte taic a thoirt do Chomhairle nan Eilean Siar leis an iomairt aca far an robh iad a' faighneachd do phàrantan an robh iad airson sgoiltean sna h-Eileanan Siar a chomharrachadh mar sgoiltean far am biodh foghlam tron Ghàidhlig mar chiad roghainn don chloinn a bha a' tòiseachadh. Tha seachd sgoiltean air aontachadh sin a dhèanamh thuige seo, agus tha dùil ann gun dèan feadhainn eile an aon rud, agus cuidichidh sin le bhith cur ris an àireamh chloinne a tha ann am foghlam ro-sgoile is bun-sgoile Gàidhlig.

Tha na prionnsapalan air cùl planadh cànan agus toraidhean rannsachaидh nam bun-stèidh do dh'obair a' Bhùird agus leanaidh sinn oirnn le bhith barantachadh rannsachadh ùr a tha a' toirt fiosrachadh dhuinn air mar a tha iomairtean leasachaидh is Planaichean Gàidhlig a' soirbheachadh. Am measg nan rudan as mothà a thachair am-bliadhna bha a' bhuidheann corpais a chaidh a chur air chois còmhla ri prìomh luchd-compàirt a tha an sàs ann am foghlam is craoladh agus cuideachd tha èòlaichean air cànan nan coimhleasachdan an sàs sa bhuidhinn. Bidh a' bhuidheann seo a' toirt comhairle ùghdarrasail seachad air cùisean co-cheangailte ri gràmar is briathrachas na Gàidhlig.

In 2014/15, the Bòrd's Early Years staff continued to directly support and fund 0-3 Groups, to grow the numbers of children gaining access to Gaelic, and to facilitate transfer to Gaelic-medium nursery and, ultimately, into Primary one Gaelic-medium education.

Last year Highland Council commenced the building of a new dedicated Gaelic-medium primary school near Fort William, and also another in Portree. Glasgow City Council commenced work on a second dedicated Gaelic-medium primary school on the Glendale campus on the South side of the city. These developments will double the number of existing dedicated Gaelic-medium schools in Scotland in Edinburgh, Glasgow and Inverness. The decision by East Ayrshire Council to provide 3-18 Gaelic education on a new campus in Kilmarnock will greatly enhance provision in that area.

Whilst the growth in Gaelic-medium education in recent years in dedicated Gaelic primary schools and units in schools in urban centres has been remarkable, many of the children in Gaelic-medium education are in schools in rural areas. For growth to continue, in addition to the creation of new Gaelic-medium schools, the numbers of children entering Gaelic-medium primary education in existing units and schools have to grow. In the past year we were pleased to support the initiative by Comhairle nan Eilean Siar to consult parents on the option to designate schools in the Western Isles as offering Gaelic-medium education as the default option. Seven schools have so far agreed to pursue this route, and it is anticipated that others will follow with potential for increasing the numbers of children accessing Gaelic-medium education in pre-school and primary education.

Language planning principles and research evidence underpin the Bòrd's work and we continue to commission research to inform progress on the impacts of development initiatives and Gaelic Language Plans. A significant new development this year was progress towards the creation of a Gaelic corpus panel, alongside key partners in the fields of education and broadcasting and also involving representation from community language experts. It is envisaged that the group will provide authoritative advice on Gaelic grammatical and terminological issues.

Sa bhliadhna a dh'fhalbh, chaidh iarraidh air Bòrd na Gàidhlig, a tha na bhall de Chom-pàirteachas Planaidh Coimhearsnachd nan Eilean Siar mu thràth, a bhith na bhall de Chom-pàirteachas Planaidh Coimhearsnachd na Gàidhealtachd. Tha seo na cheum cudromach dhuinn aig ire ro-innleachdail, oir dh'fhaodadh gum bi barrachd buaidhe aig na Planaichean Gàidhlig aig na buidhnean a tha an sàs sna Com-pàirteachasan Planaidh Coimhearsnachd ri linn mar a tha sinne an sàs san dà chom-pàirteachas.

Chùm am Bòrd orra ag obair ann an co-bhuinn ri MG ALBA agus Alba Chruthachail, agus aig an aon àm thòisich sinn air co-nbrachadh ùr le lomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean agus sinn ag obair ann an com-pàirt feuch an dèan sinn feum de na toraidhean a thàinig bhon aithisg rannsachaidh, *Ar Stòras Gàidhlig*.

Tha fhios againn gu bheil feum aig daoine òga air àiteachan is suidheachaidhean far am faod iad Gàidhlig a chleachdadh agus iad gu math tric air an cuairteachadh le mòr-chànan na Beurla, agus thug am Bòrd taic an-uiridh do Chomunn na Gàidhlig agus Ùghdarrasan Ionadail gus prògram nan iomairean coimhearsnachd/òigrìdh a leudachadh gu sgìrean eile - leithid Muile, Barraigh is Na Hearadh - agus gus dreuchdan pàirt-thìde ann an Glaschu is Dùn Èideann a dhèanamh làn-thìde. Mar thoradh air sin, bha trì oifigearan deug ag obair le òigrìdh ann an coimhearsnachdan air an dùthaich agus ann am bailtean-mòra far a bheil foghlam tron Ghàidhlig stèidhichte. Gus am biodh barrachd co-nbrachaidh eadar an luchd-obrach coimhearsnachd sin agus an obair a ni luchd-obrach nan Tràth-bhliadhnaichean aig Bòrd na Gàidhlig, chaidh manaidsearan is oifigearan ChnaG a chur fo sgèith Bhòrd na Gàidhlig gu Màrt 2015.

Tron obair seo uile, sa bhliadhna a dh'fhalbh tha am Bòrd air a bhith a' leantainn air a' toirt amasan ro-innleachdail a' Phlana Cànan Nàiseanta Ghàidhlig 2012-17 gu buil.

Tha maoineachadh a' Bhùird a' toirt taic do dh'iomadh raon is roinn, agus fhuair còrr is trì cheud iarrtas taic thar na bliadhna. Tha an t-airgead sin a thuilleadh air na tabhartasan a bhios na ceithir-deug prìomh bhuidhnean is pròiseactan leantainneach eile a' faotainn. Am measg a' chòrr is trì cheud iarrtas a fhuair taic: fhuair trì fichead 's a sia-deug Ùghdarrasan Poblach taic le an cuid phròiseactan Gàidhlig eadar-dhealaichte; fhuair ceud is aon-deug pròiseactan Coimhearsnachd taic; fhuair fichead 's a trì-deug pròiseactan ealain taic – a' gabhail a-steach naodh pròiseactan ùra co-cheangailte ris an lionra dràma; fhuair còig-deug pròiseactan taic tro Cholmcille; fhuair dà fhichead 's a trì Buidhnean Thràth-bhliadhnaichean taic; agus fhuair fichead 's a naodh Oileanaich teagaisg Ghàidhlig tabhartasan.

In the course of the year, Bòrd na Gàidhlig, already a member of the Outer Hebrides Community Planning Partnership was invited to join the Highland Community Planning Partnership. This is an important strategic development as it has the potential for more effectively maximising the impact of the Gaelic Language Plans of the CPP partner organisations.

Whilst continuing to work in partnership with MG ALBA and Creative Scotland, the Bòrd opened new dialogue with Highlands and Islands Enterprise with regard to working in strategic partnership to ensure positive exploitation of the findings of the research Report, *Ar Stòras Gàidhlig*.

In recognition of the fact that young people need to find space to use Gaelic in the face of pressures from English language dominance, the Bòrd last year provided support to Comunn na Gàidhlig and Local Authorities to extend the community/youth initiative programme to areas not already covered - such as Mull, Barra and Harris - and to upgrade posts in Glasgow and Edinburgh from part-time to full-time. Thus, thirteen officers were working with young people in communities in rural and urban locations where Gaelic-medium education has taken root. To facilitate better integration of action between these community workers and other activity directed by Bòrd na Gàidhlig Early Years workers, Comunn na Gàidhlig managers and officers were seconded to Bòrd na Gàidhlig until March 2015.

Through these activities in the course of the year the Bòrd made continued progress against the strategic aims of the National Gaelic Language Plan 2012-17.

The range and scope of the Bòrd's support is substantial, with over three hundred funding applications supported by the Bòrd in the course of the year. This is in addition to the grants given to fourteen regularly funded organisations and other long-term projects: seventy-six Public Authorities were supported with their respective Gaelic language activities; one hundred and eleven Community projects; thirty-three Arts projects – including nine new drama network projects; fifteen Scotland/Ireland Colmcille projects; forty-three Early Years Groups; and twenty-nine Students aiming to become Gaelic teachers.

Dh'fhuirich maoineachadh a' Bhùird ann an 2014/15 aig an aon ire agus a bha e sna ceithir bliadhna ron sin. Ann an saoghal dùbhlachanach econamach mar a th' againn, tha e air a bhith sìor fhàs doirbh dha na buidhnean a gheibh maoineachadh bhuaninn taic-airgid thaotainn bho bhuidhnean eile, agus sin a' cur ceist ann mar as urrainn do chùisean cumail a' dol mar a tha iad. Ri linn sin, thug am Bòrd suil às ùr air na ro-innleachdan is prìomhachasan againn fhìn, obair a thòisich ann an 2014/15 agus a bhios a' leantainn ann an 2015/16, gu h-àraidh a thaobh nan Ealain Gàidhlig, Gàidhlig do dh'Inbhidh agus an dòigh sa bheil am Bòrd a' toirt taic do Ghàidhlig sa choimhairsnachd.

Ann an 2014/15 chùm sinn oirnn a' cur ris agus a' togail air an adhartas a rinn sinn a thaobh modhan-riaghlaidh a' Bhùird sna bliadhnaichean a chaidh seachad. Chaidh siostaman conaltraidh a' Bhùird a leasachadh le bhith ag ùrachadh ar làraich-lin agus le bhith neartachadh iomhaigh a' Bhùird sna meadhanan sòisealta. Chaidh iomairtean sanasachd farsaing agus a dh'aona-ghnothach a chur air adhart ann an diofar sgìrean gus aire dhaoine a tharraing gu foghlam tron Ghàidhlig agus gus daoine a bhrosnachadh gu bhith cur a-steach airson teagasc Gàidhlig. Tha an t-àrdachadh a tha air tighinn air an àireamh de chloinn ann am foghlam tron Ghàidhlig agus an àireamh thidsearan a tha trèanadh gu bhith nan tidsearan Gàidhlig a' sealltann gu bheil na h-iomairtean sin air tòiseachadh ag obrachadh. Fhuair a' Ghàidhlig deagh shanasachd aig ire nàiseanta leis na Duaisean Gàidhlig a tha faighinn taic bhon Daily Record, agus chaidh cuirm nan duaisean a chumail far an robh sluagh math an làthair

Bòrd funding in 2014/15 remained at the same level as in the previous four years. In a challenging economic climate, our funded organisations have increasing difficulty in sourcing funding from other bodies, which in turn creates uncertainty over future viability. As a result the Bòrd has to review its own strategies and priorities, a process already begun in 2014/15 and to be continued into 2015/16, particularly in relation to the Gaelic Arts, Adult learners and the Bòrd's approach to supporting Gaelic in the community.

In the course of 2014/15, we continued to consolidate governance gains in previous years, and to build on them. Bòrd communication systems were enhanced by updating web sites and by creating a strong profile on social media platforms. Generic and targeted promotional advertising was undertaken in locations geared to increasing the profile of Gaelic-medium education and to encouraging teacher recruitment. An increase in the numbers of children in Gaelic medium education and teachers in training indicate that such advertising and marketing is beginning to have an impact. The Daily Record Gaelic Awards gained a high profile nationally, and culminated in an enthusiastic, well attended awards ceremony with worthy winners emerging from a field of strong contenders.



Duaisean Gàidhlig na h-Alba 2014
Scottish Gaelic Awards 2014

agus bha grunn dhaoine is bhuidhnean air leth toillteanach air am moladh airson duais leis an fheadhainn as fheàrr a' buannachadh.

A thaobh chùisean luchd-obrach, chaidh ath-sgrùdadadh a dhèanamh air Leabhran an Luchd-obrach agus chaidh na prìomh chumhachan cosnaidh ùrachadh agus san Dàmhair 2014 chuir am Bòrd, còmhla ri buidhnean eile, an ainm ri Aonta Aithneachaichd le Aonadh nan Seirbheisean Poblach is Coimeirsealta (PCS).

Chùm sinn oirnn a' gabhail pàirt ann am Buidheann Thar-phàrtaidh na Gàidhlig aig a' Phàrlamaid. Cuideachd, chaidh taisbeanadh a chumail airson trì latha aig Pàrlamaid na h-Alba. B' e prìomh adhbhar an taisbeanaidh sealltainn mar a tha foghlam tron Ghàidhlig a' sìor dhol am meud agus a' bhuaidh a tha air a bhith aig sin air àireamhan bho Chunntas-sluagh 2011, gu h-àraidh a thaobh na h-àireamh de luchd-labhairt òga.

Thairis air a' bhliadhna choilean an luchd-obrach 90% de na Prìomh Thargaidean Coileanaidh agus bha e follaiseach gun robhar a' dèanamh adhartas a thaobh an 10% eile. Tha na prìomh earrainnean den Aithisg seo a' toirt seachad barrachd fiosrachaidh air na Priomh Thoraidhean Coileanaidh.

Le luchd-stiùiridh ùra a' tòiseachadh aig a' Bhòrd, bidh dùblain ùra ron luchd-stiùiridh sin, aig àm nuair a bhios dleastanasan a bharrachd a' tighinn air a' Bhòrd a thaobh Bile an Fhoghlaim (Alba) 2015; bidh aca cuideachd ri beachdan a shireadh bho luchd-ùidhe gus measadh eadar-amaill a dhèanamh air a' Phlana Càinain Nàiseanta Ghàidhlig a th' ann an-dràsta mar ullachadh gus am Plana airson 2017-22 a dhealbh; agus bidh aca ri dèanamh cinnteach gun tèid taingse làidir a chur a-steach chun an Ath-sgrùdaidh air Caiteachas Poblach a tha gu bhith ann.

Ged a tha uallach orm mar an t-Oifigeach Chunntachail airson an tùs-fhacail seo agus airson a bhith cur m' ainm ris na Cunntasan Blìadhnaile, bu chòir meal-a-naidheachd a chur air Iain Aonghas MacAoidh, a leig dheth a dhreuchd mar Cheannard aig deireadh a' Mhàirt 2015, airson luchd-obrach a' Bhùird a stiùireadh fad bliadhna shoirbheachail eile. Mar sin, bu thoigh leam, mar an Ceannard ùr, mo thaing a thoirt dha airson an ceannas làidir a nochd e agus an taic dhìoghrasach a thug e don Ghàidhlig fad iomadh bliadhna, agus airson mar a thog e stèidh dhaingeann aig a' Bhòrd air am faodar togail agus sinn a' gluasad air adhart agus a' cur aghaidh ri dùblain ùra. Tha gach duine aig a' Bhòrd a' guidhe gach sonas is soirbheachadh dha sna bliadhnaichean ri thigheinn.

Iain Caimbeul
Ceannard

In relation to staff governance, the Staff Handbook was reviewed and conditions of service documentation were updated and in October 2014 the Bòrd co-signed a Recognition Agreement with the Public and Commercial Services Union (PCS).

We continue to participate fully in the Parliament's Cross-Party Gaelic Group. In addition, a three day exhibition was staged at the Scottish Parliament. The focus of the exhibition was to demonstrate the continuing growth in Gaelic-medium education and the positive impact this growth had on the 2011 Census figures, particularly in relation to young people speaker numbers.

Over the course of the year, the Bòrd achieved 90% of its Key Performance targets, with progress clearly evident in relation to the other 10%. The main sections of this Report provide further details on Key Performance Outputs.

The Bòrd are in a period of transition, and the new management team will face new challenges with additional responsibilities falling on the Bòrd under the Education (Scotland) Bill 2015; the need to engage with stakeholders in the interim evaluation of the current National Gaelic Language Plan as a precursor to formulating the Plan for 2017-22; and ensuring a strong submission is made to the forthcoming Public Spending Review.

Whilst I as the Accountable Officer have the responsibility for this foreword and the signing of the Annual Accounts, it is the previous Ceannard John Angus MacKay, who retired at end March 2015, who should be congratulated for leading the Bòrd staff in another successful year. As such, I, as the incoming Ceannard, would like to express my thanks to him for his strong leadership and dedicated support to the cause of Gaelic over many years, and in creating a strong foundation for the Bòrd to move forward and take on new challenges. All at Bòrd na Gàidhlig wish him well for the future.

Iain Caimbeul
Ceannard

ADHBHAR AR N-OBRACH

OUR REMIT

Ar lèirsinn

- Gun seas a' Ghàidhlig mar chànan brioghmhor is neartmhòr agus i air a cleachdadh barrachd is i a' faighinn spèis ann an Alba an latha an-diugh sa bheil iomadh cultar is cànan

Adhbhar ar n-obrach

- Gàidhlig a chur air adhart agus a cor a leasachadh
- An àireamh de luchd-labhairt na Gàidhlig agus na cothroman a th' ann do dhaoine an cànan a chleachdadh a chur am meud
- Comhairle a thoirt do Mhinistearan na h-Alba, buidhnean poblach agus daoine eile a tha coileanadh dhleastanasan poblach mu chùisean co-cheangailte ri cànan, foghlam is cultar na Gàidhlig

Our vision

- A sustainable future for Gaelic as a healthy, vibrant language, increasingly used and respected in a modern, multicultural and multilingual Scotland

Our remit

- To promote and develop the Gaelic language
- Increase the numbers of Gaelic speakers and expand the range of opportunities for people to use the language
- Advise Scottish Ministers, public bodies and other persons exercising functions of a public nature on matters relating to the Gaelic language, Gaelic education and Gaelic culture

Ar priomhachasan

Cor na Gàidhlig a leasachadh sna roinnean a na leanas:

- | | |
|---|------------------------------|
| • An Dachaigh agus na Tràth-bhliadhnaichean | • An t-Àite-obrach |
| • Sgoiltean & Tidsearan | • Na h-Ealain & Na Meadhanan |
| • Foghlam Seach-sgoile | • Dualchas agus Turasachd |
| • Coimhearsnachdan | • Leasachadh Corpais |

Our priorities

Gaelic development in:

- | | |
|-------------------------|------------------------|
| • Home and Early Years | • The Workplace |
| • Schools & Teachers | • Arts & Media |
| • Post School Education | • Heritage and Tourism |
| • Communities | • Corpus development |

Ar modhan obrach

- Aon bhuidheann – a' tarraing air an aon ràmh
- Fàs is Feabhas
- A' cosg airgead le ciall
- Èolas, Rannsachadh & Conaltradh
- Deagh riaghadh corporra
- Innleachd

Our approach

- One Organisation - we work together
- Growth and Improvement
- Value for money
- Knowledge, Research & Communication
- Good corporate governance
- Innovation

PRÌOMH CHOMHARRAN COILEANAIÐH KEY PERFORMANCE INDICATORS

COILEANADH A' PHLANA CHORPORRA
BLIADHNA GU 31 MÀRT 2015
IMPLEMENTATION OF THE CORPORATE PLAN
YEAR ENDING 31 MARCH 2015

Raon Sector	Prìomh Chomharran Coileanaidh Key Performance Indicators	Aig 31/03/2015 At 31/03/2015		
		3	4	2
Dachaigh & Tràth-Bhliadhnaichean Home & Early Years	3	3	-	-
Sgoiltean & Tidsearan Schools & Teachers	4	4	-	-
Foghlam Seach-Sgoile Post-school Education	2	2	-	-
Coimhearsnachdan Communities	2	1	1	-
An t-Àite-obrach Workplace	2	1	1	-
Na h-Ealain & Na Meadhanan Arts & Media	2	2	-	-
Dualchas & Turasachd Heritage & Tourism	2	2	-	-
Planadh Corpais Corpus Planning	2	2	-	-
Seirbheisean Corporra Corporate Services	2	2	-	-
IOMLAN TOTAL	21	19	2	-

Rianail (U) (90%)
On target (90%)

A' dèanamh adhartas (10%)
Making progress (10%)

Beagan adhartais (0%)
Some progress (0%)

**FOGHLAM
EDUCATION**

Priomh Chomharran Coileanaidh Key Performance Indicators	Toradh Outcome	31/03/15
2.1 Dachaigh & Tràth-Bhliadhnaichean		
2.1 Home & Early Years		
Amasan ro-innleachdail is gniomhach air an stèidheachadh le luchd-compàirt airson an Sgeama Comhairleachaidh Phàrant.	Air a choileanadh: Tha an Sgeama Comhairleachaidh Phàrant a' ruith anns gach ùighdarris ionadail far a bheil FtG. Tha ceanglaichean stèidhichte le ùighdarrasan ionadail agus tha Oifigear Phàrant Comann nam Pàrant ag obair le luchd-comhairleachaidh anns gach sgìre.	
Strategic and operational aims for the Parental Advisory Scheme developed with partners.	Completed: The Parental Advisory Scheme is active in every local authority which has GME. Links are established with local authorities and the Comann nam Pàrant Parental Officer works with advisers in each area.	
Thèid bun-fiosrachadh airson nan àireamhan sna tràth-bhliadhnaichean a chruinneachadh agus a roinn.	Air a choileanadh: Tha fiosrachadh ga chruinneachadh gach ràith air àireamhan ann an raon nan Tràth-bhliadhnaichean – àireamhan chloinne, teaghlaichean, luchd-cluiche. Thairis air a' bhliadhna chaidh 1,300 duine cloinne a chlàradh ann am buidhnean air feadh Alba.	
Baseline statistics on numbers in early years provision collated and information shared.	Completed: Information on numbers for Early Years GME is collated every quarter – numbers of children, families, play leaders. Over the year, 1,300 children have been registered in groups throughout Scotland.	
Ath-sgrùdadadh air structar na roinne 0-3 agus atharraicheadh a tha gam moladh air an cur an gnìomh.	Air a choileanadh: Chuir Oilthigh Srath Chluaidh crìoch air pròiseact ath-sgrùdaidh air an t-seirbheis thràth-bhliadhnaichean a tha Bòrd na Gàidhlig a' toirt seachad. Tha na molaidhean anns an aithisg air an cur ann am plana-gníomha agus tha sinn ga chur an gnìomh.	
Structure for the 0-3 sector reviewed and recommended changes implemented.	Completed: Strathclyde University has completed a project which reviewed the Early Years service provided by Bòrd na Gàidhlig. The recommendations in the report have been put in an action plan which we are putting into effect.	

Priomh Chomharran Coileanaidh Key Performance Indicators	Toradh Outcome	31/03/15
2.2 Foghlam 2.2 Education		
2.2.1 Sgoiltean & Tidsearan 2.2.1 Schools & Teachers		
<p>Ro-innleachd a chruthachadh airson foghlam Gàidhlig san àrd-sgoil ann an co-bhùinn ri Buidheann-stìùiridh na Ro-innleachd Nàiseanta airson Foghlam Gàidhlig.</p> <p>Strategy developed for Gaelic secondary education in partnership with NGESSG.</p>	<p>Air a choileanadh: Chaidh an ro-innleachd seo a tharraing ri chèile. Tha beachdan air tilleadh bhon bhuidhinn-obrach, üghdarrasan ionadail agus buidhnean poblach le ùidh ann am foghlam Gàidhlig. Théid pàipear deireannach gu coinneimh a' Bhùird san Ògmhios 2015.</p> <p>Completed: This strategy has been developed. Recommendations have been received from the working group, local authorities and public bodies with an interest in Gaelic education. A final paper will be presented at the Bòrd meeting in June 2015.</p>	
<p>A' trusadh staitistearachd airson àireamh nan sgoilearan ann am FtG 0-18 agus a' co-obrachadh le Üghdarrasan Ionadail is Riaghaltas na h-Alba gus ro-phlanadh a dhèanamh airson leudachadh.</p> <p>Statistics gathered on numbers of pupils in 0-18 GME and liaise with local Authorities and Scottish Government forward plan for further expansion.</p>	<p>Air a choileanadh: Ann an 2014/15 chaidh 556 duine cloinne a-staigh gu P1. Tha fiosrachadh air a tharraing ri chèile air àireamhan agus tha dealbh nas fharsainge ann air ciamar a tha àireamhan ag atharrachadh thar nam bliadhnaichean.</p> <p>Completed: In 2014/15 556 children started in P1. Information on numbers has been collated and we now have a broader picture of how numbers are changing over the years.</p>	
<p>Ag ùrachadh fiosrachadh air foghlam thidsearan Gàidhlig agus sin air a thoirt am follais gu nàiseanta tro shanasachd agus com-pàirteachas le priomh luchd-ùidhe.</p> <p>Information on Gaelic-medium teacher education updated and promoted nationally through advertisement and through partnerships with key stakeholders.</p>	<p>Air a choileanadh: Chaidh dà choinneimh de BOLT a chumail airson fios fhaighinn air adhartas agus molaidean ùra a chur air adhart.</p> <p>Completed: Two meetings of the Working Group for Teachers (BOLT) were held to review progress and to put forward new recommendations.</p>	
<p>A' foillseachadh agus a' sanasachd fiosrachadh air dreuchdan Gàidhlig.</p> <p>Publication and promotion of information on Gaelic careers.</p>	<p>Air a choileanadh: Chaidh pasgan air dreuchdan Gàidhlig a chlò-bhualadh agus fhoillseachadh air na làraichean-lìn aig Teagasc, SDS, CNES agus Foghlam Alba.</p> <p>Completed: An information pack for Gaelic jobs was produced and published on the Teagasc, SDS, CNES and Education Scotland websites.</p>	

Prìomh Chomharran Coileanaidh Key Performance Indicators	Toradh Outcome	31/03/15
2.2.2 Foghlaim Seach-Sgoile 2.2.2 Post-school Education		
Bun-fhiosrachadh air a stèidheachadh airson na h-àireimh de dh'inhich ann an Alba a tha ag ionnsachadh Gàidhlig agus an ìre aig a bheil iad. A baseline established for the number of adults learning Gaelic in Scotland and the level at which they are at.	Air a choileanadh: Chaidh rannsachadh a dhèanamh air àireamhan luchd-ionnsachaидh agus feumalachdan luchd-ionnsachaидh. Completed: A survey was completed on the numbers of Gaelic learners and what needs they have.	
Ro-innleachd air a stèidheachadh an com-pàirt ri Buidheann-stiùridh na Ro-innleachd Nàiseanta airson Foghlam Gàidhlig airson Gàidhlig do dh'Inbhich agus sin air a foillseachadh. Strategy in partnership with NGESSG for Gaelic adult learning developed and published.	Air a choileanadh: Chaidh ro-innleachd a dhealbh an com-pàirt le Buidheann-obrach airson ionnsachadh do dh'Inbhich (BOII). Chaidh dreachd a chur chun a' Bhùird agus chun na Comataidh Poileasaidh agus Ionmhais anns a' Mhàrt. Chaith beachdan a ghabhail bho bhuidhnean poblach, oilthighean, colaistean, ùghdarrasan ionadail, luchd-cleachdaidh na Gàidhlig agus buidhnean eile le úidh ann an Gàidhlig do dh'Inbhich. Completed: In partnership with the Working Group for Adult Learners (BOII), a strategy has been developed. A draft was submitted to the Bòrd and to the Policy and Finance Committee in March. Recommendations were received from public bodies, universities, colleges, local authorities, users of Gaelic and from other groups with an interest in Gaelic adult learning.	

CLEACHDADH CÀNAIN GAELOC USAGE

Priomh Chomharran Coileanaidh Key Performance Indicators	Toradh Outcome	31/03/15
2.3 Coimhearsnachdan 2.3 Communities		
<p>A' dèanamh cinnteach gu bheil Amasan Àrd-ìre an cois gach fios-plana foirmeil a thèid a chur gu Poileas na h-Alba, Ùghdarris Poileas na h-Alba, Seirbheis Smàlaidh is Teasairginn na h-Alba, Seirbheis Charbadan-eiridiinn na h-Alba agus Comhairle Dhùn Phris is Ghall-Ghàidhealaibh, amasan a nì cinnteach gu bheil geallaidhean sna Planaichean Gàidhlig aca a thaobh inbhe, cleachdadh agus togail na Gàidhlig, a bheir taic do choimhearsnachdan Gàidhlig.</p> <p>Ensured that all new formal plan notices issued to Police Scotland, The Scottish Police Authority, The Scottish Fire and Rescue Service, The Scottish Ambulance Service and Dumfries and Galloway Council contained High Level Aims, aimed at ensuring Gaelic status, usage and acquisition commitments in their Gaelic Language Plans, and in support of Gaelic communities.</p>	<p>Air a choileanadh: Air a choileanadh. Chaidh fios-plana a chur gu gach buidheann, Sultain 2014.</p> <p>Completed: This has been completed. Plan notices were sent to each body in September 2014.</p>	
<p>Leudachadh lionra nan lomairtean, a' toirt a-steach Na Hearadh, Barraigh agus Bhatarsaigh.</p> <p>Expanding the lomairtean network, to include Harris, Barra and Vatersay.</p>	<p>Air a choileanadh: Chaidh na dreuchdan seo a lionadh agus tha obair a' tòiseachadh gus planaichean Gàidhlig coimhearsnachd a chruthachadh anns na Hearadh agus ann am Barraigh is Bhatarsaigh.</p> <p>Completed: These posts were filled and work has begun on community Gaelic plans in Harris, Barra and Vatersay.</p>	
<p>Buidheann-stiùiridh Choimhearsnachdan air a stèidheachadh agus Ro-innleachd Choimhearsnachdan air a dealbh gus poileasaidhean is maoineachadh Bhòrd na Gàidhlig a stiùireadh sna bliadhnaichean ri thighinn.</p> <p>A Communities Steering Group established and a Communities Strategy developed to guide Bòrd policy and funding in subsequent years.</p>	<p>A' dèanamh adhartas: Tha seo air clàr a' Bhùird airson 15-16 mar phàirt den Phlana Cànan Nàiseanta Ghàidhlig 2017-22.</p> <p>Making progress: This is on the Bòrd's agenda for 15-16 as part of the National Gaelic Language Plan 2017-22</p>	

Prìomh Chomharran Coileanaidh Key Performance Indicators	Toradh Outcome	31/03/15
2.4 Àite-Obrach 2.4 Workplace		
A' dèanamh cinnteach gu bheil Amasan Àrd-ìre an cois gach fios-plana foirmeil a thèid a chur gu Poileas na h-Alba, Ùghdarris Poileas na h-Alba, Seirbheis Smàlaidh is Teasairginn na h-Alba, Seirbheis Charbadan-eiridinn na h-Alba agus Comhairle Dhùn Phris is Ghall-Ghàidhealaibh, amasan a nì cinnteach gu bheil geallaidhean sna Planaichean Gàidhlig aca a thaobh cleachdadh na Gàidhlig agus trèanadh Gàidhlig san àite-obrach. Ensured that all new formal plan notices issued to Police Scotland, The Scottish Police Authority, The Scottish Fire and Rescue Service, The Scottish Ambulance Service and Dumfries and Galloway Council contained High Level Aims, aimed at ensuring workplace usage and training commitments in their Gaelic Language Plans.	Air a choileanadh: Chaidh fios-plana a chur gu gach buidheann, Sultain 2014. Completed: Plan notices were sent to each body in September 2014.	
Ag obair còmhla ri "Ceangal-G" gus 'goireas-cànan', Gàidhlig san àite-obrach, a chruthachadh. Worked with the "Connect-G" project to deliver a Gaelic in the workplace toolkit.	A' dèanamh adhartas: Tha am pròiseact Ceangal-G gus a bhith deiseil, ach tha ùidh aig buidhnean ann an Alba is ann an Èirinn ann a bhith ag obair còmhla air pròiseactan co-cheangailte ri Gàidhlig san àite-obrach. Chaidh goireasan airson roinn na turasachd a chruthachadh a dh'fhaodadh a bhith feumail ann an roinnean eile. Making progress: The "Connect-G" project will soon be completed, but groups in Scotland and Ireland are interested in working together on projects dealing with Gaelic in the workplace. Resources have been produced for the tourism sector which could be useful for other sectors.	



Priomh Chomharran Coileanaidh Key Performance Indicators	Toradh Outcome	31/03/15
2.5 Na h-Ealain, Na Meadhanan, Dualchas & Turasachd 2.5 Arts & Media, Heritage & Tourism		
2.5.1 Na h-Ealain & Na Meadhanan 2.5.1 Arts & Media		
A' dèanamh cinnteach gu bheil Amasan Àrd-ire an cois an fhiос-phlana fhoirmeil a thèid a chur gu Comhairle Dhùn Phris is Ghall-Ghàidhealaibh, amasan a nì cinnteach gu bheil geallaidean sa Phlana Ghàidhlig aca a thaobh nan ealain is nam meadhanan. Ensured that the formal plan notice issued to Dumfries and Galloway Council contained High Level Aims, aimed at ensuring arts and media commitments in their Gaelic Language Plans.	Air a choileanadh: Chaidh fios-plana a chur thuca, Sultain 2014. Completed: A plan notice was sent to them in September 2014.	
A' toirt taic do dh'obair a nì Gàidhlig follaiseach an lùib Geamannan a' Cho-fhlaitheis agus/no am Prògram Cultarach a tha co-cheangailte ris agus an lùib na Bliadhna airson Tilleadh Dhachaigh 2014. Supported the presence of Gaelic as part of the Commonwealth Games and / or the associated Cultural Programme plus the Year of Homecoming 2014.	Air a choileanadh: Thug am Bòrd taic-airgid do phròiseactan a bha mar phàirt de na tachartasan mòra seo. Completed: The Bòrd gave financial assistance to projects relating to these major events.	
2.5.2 Dualchas & Turasachd 2.5.2 Heritage & Tourism		
A' dèanamh cinnteach gu bheil Amasan Àrd-ire an cois an fhiос-phlana fhoirmeil a thèid a chur gu Comhairle Dhùn Phris is Ghall-Ghàidhealaibh, amasan a nì cinnteach gu bheil geallaidean sa Phlana Ghàidhlig aca a thaobh dualchais is turasachd. Ensured that the formal plan notice issued to Dumfries and Galloway Council contained High Level Aims, aimed at ensuring heritage and tourism commitments in their Gaelic Language Plan.	Air a choileanadh: Chaidh fios-plana a chur thuca, Sultain 2014. Completed: A plan notice was sent to them in September 2014.	
A' dèanamh cinnteach gu bheil EventScotland mar phàirt de dh'Fhòram RNEG gus cuideachadh leis a' phriomhachas "eadar-nàiseanta". Ensured that EventScotland are included on the NGAS Forum in support of the "international" priority.	Air a choileanadh: Tha EventScotland mar phàirt den bhuidhinn agus a' toirt taic leis a' phriomhachas "eadar-nàiseanta" aig RNEG (NGAS). Completed: EventScotland are part of the Forum and are giving support to the NGAS's "international" priority.	

Prìomh Chomharran Coileanaidh Key Performance Indicators	Toradh Outcome	31/03/15
2.6 Planadh Corpus 2.6 Corpus Planning		
<p>A' dèanamh cinnteach gu bheil Amasan Àrd-ìre an cois gach fios-plana foirmeil a thèid a chur gu Poileas na h-Alba, Ùghdarris Poileas na h-Alba, Seirbheis Smàlaidh is Teasairginn na h-Alba, Seirbheis Charbadan-eiridinn na h-Alba agus Comhairle Dhùn Phris is Ghall-Ghàidhealaibh, amasan a nì cinnteach gu bheilear a' cleachdadadh Gnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig is Ainmean-Àite na h-Alba sna Planaichean Gàidhlig aca.</p> <p>Ensured that formal plan notices issued to Police Scotland, The Scottish Police Authority, The Scottish Fire and Rescue Service, The Scottish Ambulance Service and Dumfries and Galloway Council contained High Level Aims, aimed at ensuring the use of the Gaelic Orthographic Conventions and Ainmean-Àite na h-Alba in their Gaelic Language Plans.</p>	<p>Air a choileanadh: Chaidh fios-plana a chur gu gach buidheann, Sultain 2014.</p> <p>Completed: Plan notices were sent to each body in September 2014.</p>	
<p>Ro-innleachd choileanaidh air a cruthachadh stèidhichte air molaidhean na h-aithisge, "Planadh Corpais airson Gàidhlig".</p> <p>Created an implementation strategy based on the recommendations of the "Corpus Planning for Gaelic" report.</p>	<p>Air a choileanadh: Air a choileanadh. Chaidh ro-innleachd a chruthachadh stèidhichte air seo.</p> <p>Completed: This has been completed. A strategy was produced based on the recommendations.</p>	

SEIRBHEISEAN CORPORRA CORPORATE SERVICES

Prìomh Chomharran Coileanaidh Key Performance Indicators	Toradh Outcome	31/03/15
<p>A' cumail ri riaghailtean a thaobh sgrùdaidhean is in-sgrùdaidhean.</p> <p>Internal and external audit compliance.</p>	<p>Air a choileanadh: Chaidh seo a choileanadh. Tha teisteanasan ann bho In-sgrùdadadh agus Sgrùdadadh na h-Alba.</p> <p>Completed: This has been completed. There is certification from the Internal Auditors and from Audit Scotland.</p>	
<p>Fiosrachadh ri fhaotainn, nuair a thèid iarrайдh, ann an cruth didseatach airson pròiseactan a fhuair maoineachadh bhon Bhòrd airson nan trì bliadhna mu dheireadh.</p> <p>On-demand information on Bòrd funded projects for last 3 years available to public in digital format.</p>	<p>Air a choileanadh: Chaidh seo a choileanadh. Chaidh App a chruthachadh a tha a' toirt fiosrachadh air na pròiseactan a tha a' faotainn maoineachadh bhon Bhòrd, agus tha àireamhan ann air foghlam Gàidhlig agus mar sin air adhart.</p> <p>Completed: This has been completed. An App has been created which gives information on projects receiving Bòrd funding with statistics on Gaelic education etc.</p>	

**Give your child a flying start - learn Gaelic.
Having more than one language offers more career opportunities.**



AITHISG AGUS CUNNTASAN

A' BHLIADHNA A CHRÌOCHNAICH AIR 31 MÀRT 2015

REPORT AND ACCOUNTS
YEAR ENDED 31 MARCH 2015

CLÀR-INNSE

CONTENTS

AITHRIS AN LUCHD-STIÙRIDH MANAGEMENT COMMENTARY	26	
A' Foillseachadh Fiosrachadh do Luchd-sgrùdaidh Disclosure of Information to Auditors	40	
Luchd-obrach Dheth Tinn Sickness Absence	41	
Tachartasan Co-cheangailte ri Dàta Pearsanta Personal Data Related Incidents	41	
AITHISG RO-INNLEACHDAIL STRATEGIC REPORT		
Fiosrachadh mun Reachdas Statutory Background	28	
Coileanadh Ionmhasail Financial Performance	29	
Seilbhean Calpa na Bliadhna Capital Investments in Year	31	
Tiodhlacan is Tabhartasan Carthannach Gifts and Charitable Donations	31	
Call, Suimeannan Sònraichte agus Dubhadh Às Losses, Special Payments and Write Offs	31	
Nòtaichean a thaobh Gin Gender Note	32	
Poileasaidh Pàighidh airson Luchd-solarachaидh Supplier Payment Policy	32	
Targaidean Ionmhasail Financial Targets	33	
Saorsa an Fhiosrachaидh Freedom of Information	34	
Buidheann a tha a' Cumail a' Dol Going Concern	34	
An Àrainneachd Environmental Matters	35	
AITHISG NAN STIÙRICHEAN DIRECTORS' REPORT		
Ballrachd a' Bhùird Bòrd's Composition	36	
Fiosrachadh Coileanaidh Performance Information	37	
Luchd-obrach a' gabhail Com-pàirt Employee Involvement	37	
Dleastanasan Co-ionannachd Equality Duty	38	
Fèicheanasan Peinnsean Pension Liabilities	40	
Cisean nach Buin don Sgrùdadadh Non Audit Fees	40	
AITHISG AIR TUARASTALAN REMUNERATION REPORT	42	
AITHRIS AIR DLEASTANASAN AN OIFIGEIR CHUNNTACHAIL STATEMENT OF ACCOUNTABLE OFFICER'S RESPONSIBILITIES	48	
AITHRIS AIR RIAGHLADH GOVERNANCE STATEMENT	50	
AITHISG AN NEACH-SGRÙDAIDH NEO-EISIMEILICH INDEPENDENT AUDITOR'S REPORT	60	
CUNNTASAN BLIADHNAIL ANNUAL ACCOUNTS		
Aithris air Caiteachas Iomlan Lom Statement of Comprehensive Net Expenditure	63	
Aithris air an t-Suidheachadh Ionmhasail Statement of Financial Position	64	
Aithris air Sruthan Airgid Statement of Cash Flows	65	
Aithris air Atharraichean ann an Earrainnean Luchd-pàighidh Chìsean Statement of Changes in Taxpayer's Equity	66	
Nòtaichean airson nan Cunntasan Notes to the Accounts	68	
STIÙIREADH LE MINISTEARAN NA H-ALBA DIRECTION BY THE SCOTTISH MINISTERS	94	

AITHRIS AN
LUCHD-STIÙIRIDH

MANAGEMENT
COMMENTARY

Aithisg Ro-Innleachdail

Strategic Report

Tha Bòrd na Gàidhlig a' foillseachadh na h-Aithisge Bliadhnailean agus nan Cunntasan Deireannach againn airson na bliadhna 1 Giblean 2014 gu 31 Màrt 2015. Chaith na cunntasan ullachadh ann an cruth a tha a rèir stiùireadh a fhuaras bho Mhinistearan na h-Alba agus sin a' cumail ri Earrainn 8 de Achd na Gàidhlig (Alba) 2005.

Bòrd na Gàidhlig presents its Annual Report and Final Accounts for the year from 1 April 2014 to 31 March 2015. The accounts have been prepared in the form directed by the Scottish Ministers in accordance with Section 8 of the Gaelic Language (Scotland) Act 2005.



FIOSRACHADH MUN REACHDAS

STATUTORY BACKGROUND

'S e Buidheann Phoblach Neo-roinneil a th' ann am Bòrd na Gàidhlig, a tha tro Mhinistearan cunnatachail do Phàrlamaid na h-Alba, agus a chaidh a stèidheachadh fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005.

PRÌOMH OBAIR

'S e prìomh obair Bhòrd na Gàidhlig:

- a) a' cur air adhart, agus a' cuideachadh le bhith cur air adhart:
 - cleachdad na Gàidhlig agus tuigse air a' Ghàidhlig; agus
 - foghlam Gàidhlig agus cultar na Gàidhlig,
- b) a' toirt comhairle (nuair a thèid iarrайдh oirnn no nuair a tha sinn ga mheas iomchaidh) do Mhinistearan na h-Alba, Buidhnean Poblach agus daoine eile le dleastanasan poblach mu chùisean co-cheangailte ri Gàidhlig, foghlam Gàidhlig agus cultar na Gàidhlig,
- c) a' toirt comhairle (nuair a thèid iarrайдh oirnn) do dhaoine eile mu chùisean co-cheangailte ri Gàidhlig, foghlam Gàidhlig agus cultar na Gàidhlig,
- d) a' cumail sùil air, agus a' dèanamh aithris do Mhinistearan na h-Alba mu dheidhinn, mar a choileanar a' Chairt Eòrpach airson Chànanan Roinneil no Mion-chànanan (5 Samhain 1992) a thaobh na Gàidhlig.

Bithear a' coileanadh nan dleastanasan a th' aig Bòrd na Gàidhlig fon Achd leis an amas gun tèid inbhe na Gàidhlig a ghleidheadh mar chànan oifigeil ann an Alba a tha a' dleasadh spèis a tha co-ionann ris a' Bheurla tro bhith –

- 1) a' meudachadh na h-àireimh de dhaoine as urrainn Gàidhlig a chleachdad agus a thuigsinn,
- 2) a' brosnachadh cleachdad na Gàidhlig agus tuigse air a' Ghàidhlig, agus
- 3) a' cuideachadh le bhith a' toirt cothrom do dhaoine air a' Ghàidhlig 's a cultar ann an Alba agus àiteachan eile.

Bòrd na Gàidhlig is an executive Non-Departmental Public Body, established under the Gaelic Language (Scotland) Act 2005, responsible through Ministers to the Scottish Parliament.

PRINCIPAL ACTIVITIES

Bòrd na Gàidhlig's principal activities are:

- a) promoting, and facilitating the promotion of:
 - the use and understanding of the Gaelic language; and
 - Gaelic education and Gaelic culture,
- b) advising (either on request or when it thinks fit) the Scottish Ministers, Public Bodies and other persons exercising functions of a public nature on matters relating to the Gaelic language, Gaelic education and Gaelic culture,
- c) advising (on request) other persons on matters relating to the Gaelic language, Gaelic education and Gaelic culture,
- d) monitoring, and reporting to the Scottish Ministers on, the implementation of the European Charter for Regional or Minority Languages dated 5 November 1992 in relation to the Gaelic language.

The functions conferred on the Bòrd by the Act are to be exercised with a view to securing the status of the Gaelic language as an official language of Scotland commanding equal respect to the English language through –

- 1) increasing the number of persons who are able to use and understand the Gaelic language,
- 2) encouraging the use and understanding of the Gaelic language, and
- 3) facilitating access, in Scotland and elsewhere, to the Gaelic language and Gaelic culture.

COILEANADH IONMHASAIL FINANCIAL PERFORMANCE

SEALLADH FARSAING AIR A' BHLIADHNA

Tha Leabhran an Riaghaltas airson Aithisgean Ionmhasail (*FReM 2014/15*) a dh'fhoillsich Roinn Ionmhais na Banrigh a' sealltainn a' chrutha sam bu chòir cunntasan bliadhnaile a bhith nochdadh. Tha an Tabhartas-gus-Cuideachadh ("GIA") air a ghabhail a-staigh mar phàirt den Chùl-stòr Choitcheann a chithear san Aithris air Atharraichean ann an Earrainnean Luchd-pàighidh Chìsean an àite a bhith san Aithris air Caiteachas lomlan Lom airson na bliadhna. Tha gach suim eile a tha fo teachd-a-steach no caiteachas a' nochdadh san Aithris air Caiteachas lomlan Lom.

Tha Bòrd na Gàidhlig a' dèanamh aithris air tar-chosg lom de £11,000 mu choinneamh an Tabhartas-gus-Cuideachadh a fhuaras bho Riaghaltas na h-Alba. Tha sin taobh a-staigh nan crìochan iomchaidh seach gun deach airgead bhon chùl-stòr a chosg. Dh'èirich seo ri linn mar a chaidh maoineachadh GLAIF luach £120,000 nach deach a chur gu feum a ghlusasad chun a' bhuidseit airson Leasachaidhean Gàidhlig far an deach £134,000 uile-gu-lèir ath-chomharrachadh airson pròiseactan ro-innleachdail mar thaic do phròiseactan co-cheangailte ris a' Phlana Cànan Nàiseanta Ghàidhlig. Chaith an tar-chosg a dh'èirich a lùghdachadh ri linn fo-chosg de £3,000 ann an cosgaisean ruith.

Stèidhichte air modhan-cunntasachd le teachd-a-steach is caiteachas, b' e toradh ionmhasail na bliadhna airson obair àbhaisteach na buidhne, còrr luach £36,621. Tha an còrr ag èirigh ri linn atharraichean air na h-aithrisean ionmhasail agus chan ann ri linn gluasad an airgid.

Bha na priomh chosgaisean obrachaidh sa bhliadhna, stèidhichte air teachd-a-steach is caiteachas, ag èirigh bho An Dachaigh is na Tràth-bhliadhnaichean £0.209m (2014 £0.211m), Foghlam is Ionnsachadh £0.815m (2014 £0.881m), Coimhlearsnachdan £0.738m (2014 £0.657m), Na h-Ealan, Na Meadhanan, Dualchas is Turasachd £0.443m (2014 £0.487m), Priomhachasan Ro-innleachdail a' Phlana Cànan Nàiseanta Ghàidhlig £0.678m (2014 £0.233m) agus Maoin Bhuileachaidh Achd na Gàidhlig £1.017m (2014 £1.119m).

Am measg nan suimeannan eile a chosg am Bòrd bha cisean Buill a' Bhùird £0.062m (2014 - £0.063m), Cosgaisean Luchd-obrach £1.033m (2014 - £0.972m) agus Cosgaisean Ruith na h-Oifis £0.209m (2014 - £0.256m). B' e a' chosgais a thaobh call luach airson na bliadhna £0.002m (2014 - £0.019m).

OVERVIEW OF THE YEAR

The Government Financial Reporting Manual (*FReM 2014/15*) issued by HM Treasury sets out the format of the annual accounts. Grant-in-Aid ("GIA") is included in the General Reserve in the Statement of Changes in Taxpayers' Equity rather than included in the Statement of Comprehensive Net Expenditure. All other income and expenditure is included in the Statement of Comprehensive Net Expenditure.

Bòrd na Gàidhlig reports a net cash overspend of £11,000 against the Scottish Government's Grant-in Aid allocation. This is within acceptable limits due to available cash reserves. This arose as a result of a re-allocation of un-utilised Gaelic Language Act Implementation Funds' of £120,000 to Gaelic Development where a total of £134,000 was re-allocated on strategic projects in support of National Gaelic Language Plan projects. The resultant overspend was reduced by an underspend in running costs of £3,000.

On an income and expenditure accounting basis the financial outcome for the year on normal business activities is a surplus of £36,621. This surplus arises as a result of accounting adjustments to the financial statements that do not involve the flow of cash.

On an income and expenditure basis the main operational costs incurred during the year related to Home and Early Years £0.209m (2014 £0.211m), Education and Learning £0.815m (2014 £0.881m), Community £0.738m (2014 £0.657m), Art, Media, Heritage and Tourism £0.443m (2014 £0.487m), National Gaelic Language Plan Strategic Priorities £0.678m (2014 £0.233m) and National Gaelic Act Language Implementation Fund £1.017m (2014 £1.119m).

Other expenditure by the Bòrd included Bòrd Member fees £0.062m (2014 - £0.063m), Staff Costs £1.033m (2014 - £0.972m) and Office Running Costs £0.209m (2014 - £0.256m). Depreciation charged in the year was £0.002m (2014 - £0.019m).

Tha an aithris air an t-suidheachadh ionmhasail a' sealltainn fèicheanasan lom de £0.856m (2014 – fèicheanasan lom de £0.481m). Tha seo air obrachadh a-mach le bhith a' toirt air falbh a' challa ann an Cùl-stòr nam Peinseanan (£0.978m) (2014 (£0.567m)) bhon chòrr sa Chùl-stòr Choitcheann £0.122m (2014 - £0.085m). Chithear tuilleadh fiosrachaiddh air a' chall sna maoinean peinnsein san nota mu Fhèicheanasan Peinnsein air duilleag 9. Ged a tha na h-aithrisean ionmhasail seo a' dèanamh aithris air an t-suidheachadh a thaobh fèicheanasan lom, chaidh an ullachadh le dùil gun cùm a' bhuidheann a' dol agus sin a' cumail ri Leabhran an Riaghaltas airson Aithrisean Ionmhasail. Faicibh duilleag 6 airson aithris air buidheann a tha cumail a' dol.

MAOINEACHADH

Tha an stiùireadh bho Roinn an Ionmhais ag iarraidh air buidhnean poblach neo-roinneil Tabhartasan-gus-Cuideachadh a shealltainn mar airgead maoineachaidh a bheirear gu dìreach chun a' Chùl-stòir Choitchinn san aithris air an t-suidheachadh ionmhasail. B' e an GIA a fhuras am-bliadhna £5,154,000 (2014 - £5,154,000). Chaidh an t-sùim air fad a fhuras a tharraing a-nuas mar airgead tron bhliadhna.

TARGAIDEAN NA ROINNE A BHEIR ÙGHDARRAS DHUINN

Tha dùil ann gun cùm Bòrd na Gàidhlig rian air a' bhuidseat aige, a' gabhail a-steach GIA agus teachd-a-steach eile, a rèir na Sgriobhainn le Bun-fhrèam agus Leabhran Ionmhas Poblach na h-Alba. Thathar an dùil gun dèan Bòrd na Gàidhlig cinnteach, a' gabhail aon bhliadhna còmhla ri tèile, gum bi teachd-a-steach bhon Tabhartas-gus-Cuideachadh co-ionann ri caiteachas. Bha caiteachas Bhòrd na Gàidhlig ann an 2014-15 £11,000 thairis air an tabhartas a fhuair aonta bho Riaghaltas na h-Alba, tha sin taobh a-staigh criochan iomchaidh seach gun robh airgead ann bhon chùl-stòr.

GLUASADAN

Aig deireadh na h-ùine-cunntais seo aig Bòrd na Gàidhlig, tha na suimeannan a tha gan cosg a thaobh airgid coltach ris mar a bha iad an-uiridh a thaobh teachd-a-steach is caiteachas. Thathar an dùil gun lean an suisheachadh seo agus sin a' ciallachadh gum feumar rian teann a chumail air a' bhuidseat agus gum feumar dòighean a lorg gus èifeachdas a chur air adhart ma tha sinn a' dol a choileanadh gach ceann-uidhe sa Phlana Chorporra.

The statement of financial position shows net liabilities of £0.856m (2014 – net liabilities of £0.481m). This comprises the balance in the General Reserve £0.122m (2014 - £0.085m) less the deficit on the Pension Reserve (£0.978m) (2014 (£0.567m)). Further information on the pension deficit is given in the Pension Liabilities note on page 9. These financial statements, although reporting a net liabilities position, have been prepared on a going concern basis which is in accordance with the Government's Financial Reporting Manual. See page 6 for statement on going concern.

FUNDING

Treasury instructions to non departmental public bodies are to show Grant-in-Aid as financing income that is taken straight to the General Fund in the statement of financial position. The GIA allocated for the year was £5,154,000 (2014 - £5,154,000). The whole amount allocated was drawn down in cash during the year.

SPONSOR DIVISION TARGETS

Bòrd na Gàidhlig is expected to manage its budget, including GIA and other income, in accordance with the Framework Document and the Scottish Public Finance Manual. Bòrd na Gàidhlig is expected to ensure that, taking one year with another, income from Grant-in-Aid matches outgoings in cash terms. Bòrd na Gàidhlig expenditure in 2014-15 was £11,000 over the allocation approved by Scottish Government, this is within acceptable limits due to available cash reserves.

TRENDS

At the end of this accounting period for Bòrd na Gàidhlig, the spend profile in cash terms is similar to the previous year in both income and expenditure. This trend is expected to continue going forward which will mean a requirement for continuing tight budget management coupled with a drive to identify efficiencies if the full programme of Corporate Plan objectives are to be delivered.

SEILBHEAN CALPA NA BLIADHNA CAPITAL INVESTMENTS IN YEAR

Chuir Bòrd na Gàidhlig £4,000 (2014 - £2,000) an seilbh so-mhaoin shuidhichte sa bhliadhna seo.

Bòrd na Gàidhlig invested £4,000 (2014- £2,000) in fixed assets during the year.

	2015 £,000	2014 £,000	
Uidheamachd Choimpiutaireachd	4	2	Computer Equipment

TIODHLACAN AGUS TABHARTASAN CARTHANNACH GIFTS AND CHARITABLE DONATIONS

Cha deach gin a thiodhlaican no tabhartasan carthannach a thoirt do Bhòrd na Gàidhlig sa bhliadhna seo (2014 – cha robh gin).

There have been no gifts or charitable donations made by Bòrd na Gàidhlig in the year (2014 – Nil).

CALL, SUIMEANNAN SÒNRAICHTE AGUS DUBHADH ÀS LOSSES, SPECIAL PAYMENTS AND WRITE OFFS

Cha robh call ann, suimeannan sònraichte, no suimeannan air an dubhadh às rè na bliadhna (2014 – cha robh gin).

There were no losses, special payments, or write offs in the year (2014 Nil).

NÒTAICHEAN A THAOBH GIN

GENDER NOTE

	Fireannaich 31 Màrt 2015	Boireannaich 31 Màrt 2015	Fireannaich 31 Màrt 2014	Boireannaich 31 Màrt 2014	
	Males 31 March 2015	Females 31 March 2015	Males 31 March 2014	Females 31 March 2014	
Buill a' Bhùird	4	4	3	3	Bòrd Members
Àrd Luchd-stìùridh*#	2	0	1	0	Senior Management*#
Luchd-obrach	9	16	9	16	Employees

* Neach-obrach aig ìre àrd sheirbheisich chatharra no co-ionann ri sin. Tha an àireamh luchd-obrach a' gabhail a-steach luchd-obrach pàirt-thide.

* Member of staff at senior civil service level or equivalent. Employee numbers include part time staff.

Faicibh duilleag 14.

Please see page 14.

POILEASAIDH PÀIGHIDH AIRSON

LUCHD-SOLARACHAIDH

SUPPLIER PAYMENT POLICY

Tha e na phoileasaidh aig Bòrd na Gàidhlig gum pàigh sinn gach neach-solarachaидh taobh a-staigh 30 latha-obrach bhon a gheibhear am fairdeal, agus thèid seo innse don luchd-obrach a tha dèiligeadh ri bhith pàigheadh luchd-solarachaидh agus madh'iaras iad, thèid seo innse do luchd-solarachaидh. Bidh Bòrd na Gàidhlig a' coileanadh nan riatanasan a tha Riaghaltas na h-Alba air a stèidheachadh a thaobh a bhith pàigheadh chompanaidhean beaga, sin gum bithear ag amas air am pàigheadh taobh a-staigh 10 latha. B' e an ùine a thug e dhuinn sa chumantas luchd-fiach a phàigheadh 2.5 latha (2014 – 2.5 latha).

It is Bòrd na Gàidhlig practice to pay all suppliers no later than 30 working days from receipt of invoice in accordance with its policy, which is made known to the staff that handle payments to suppliers and is made known to suppliers on request. Bòrd na Gàidhlig meets the requirements laid down by Scottish Government in respect of payments to small companies, which stipulates a payment target no later than 10 days. The average time taken to pay creditors during the year was 2.5 days (2014 – 2.5 days).

TARGAIDEAN IONMHASAIL

FINANCIAL TARGETS

Fhuair Bòrd na Gàidhlig Tabhartas-gus-Cuideachadh luach £5.154m airson 2014-15 (£5.154m 2013-14) agus sin air a roinn tarsainn a' bhuidseit.

Bòrd na Gàidhlig received a total Grant-in-Aid allocation for 2014-15 of £5.154m (£5.154m 2013-14) split across the budget .

Feumaidh Bòrd na Gàidhlig obair a rèir chrìochan ionmhasail a thèid a shuidheachadh le Ministearan na h-Alba airson na bliadhna. Ann an 2014-15 b' ann mar seo a bha an suidheachadh:

Bòrd na Gàidhlig is required to operate within the financial allocation determined by Scottish Ministers for the year. In 2014-15 the position was as follows:

Tabhartas-gus-Cuideachadh	2014-15				Grant-in-Aid
	Na thachair Outturn £m	Aontaichte Allocation £m	Eadar-dhealachadh Variance £m		
Prìomh Thabhartas-gus-Cuideachadh (cosgaisean ruith)	1.397	1.400	-0.003	Core Grant-in-Aid (running costs)	
Maoineachadh airson Leasachaidhean Gàidhlig	2.748	2.614	0.134	Funds for Gaelic development	
Maoin Bhuileachaidd nam Planaichean Gàidhlig	1.020	1.140	-0.120	Gaelic Language Plans Implementation Fund	
Iomlan	5.165	5.154	0.011	Total	

Tha an clàr gu h-àrd a' dèanamh aithris air tar-chosg de £11,000 air stèidh airgid mu choinneamh an Tabhartais-gus-Cuideachadh. Tha sin taobh a-staigh chrìochan iomchaidh seach gun robh airgead ann bhon chùl-stòr.

The above table reports a net overspend of £11,000 on a cash basis against the Grant-in-Aid allocation. This is within acceptable limits due to available cash reserves.

Tabhartas-gus-Cuideachadh	2013-14				Grant-in-Aid
	Na thachair Outturn £m	Aontaichte Allocation £m	Eadar-dhealachadh Variance £m		
Prìomh Thabhartas-gus-Cuideachadh (cosgaisean ruith)	1.394	1.400	-0.006	Core Grant-in-Aid (running costs)	
Maoineachadh airson Leasachaidhean Gàidhlig	2.595	2.616	-0.019	Funds for Gaelic development	
Maoin Bhuileachaidd nam Planaichean Gàidhlig	1.128	1.140	-0.012	Gaelic Language Plans Implementation Fund	
Iomlan	5.117	5.154	-0.037	Total	

Tha an clàr gu h-àrd a' dèanamh aithris air fo-chosg de £37,000 air stèidh airgid mu choinneamh an Tabhartais-gus-Cuideachadh.

The above table reports an underspend of £37,000 on a cash basis against the Grant-in-Aid allocation.

SAORSA AN FHIOSRACHAIDH

FREEDOM OF INFORMATION

Mar bhuidhinn a tha faighinn maoineachadh poblach tha e na amas do Bhòrd na Gàidhlig cumail gu tur ri Achd Saorsa an Fhiosrachaидh (Alba) 2000. Coltach ris a' mhòr-chuid de dh'Ùghdarrasan Poblach ann an Alba, tha Bòrd na Gàidhlig air **Sgeama Foillseachaidh Coileanta**, a dh'fhoillsich Coimiseanair Fiosrachaидh na h-Alba, a chur an sàs.

Ann an 2014/15 fhuair Bòrd na Gàidhlig 10 (2013/14 – 13) iarrtasan fo Shaorsa an Fhiosrachaидh.

As a public funded organisation Bòrd na Gàidhlig is committed to full compliance with the Freedom of Information (Scotland) Act 2000. In line with most other Scottish Public Authorities, Bòrd na Gàidhlig has now adopted the **Model Publication Scheme** produced by the Scottish Information Commissioner.

In 2014/15 Bòrd na Gàidhlig received 10 (2013/14 – 13) Freedom of Information requests.

BUIDHEANN A THA CUMAIL A' DOL GOING CONCERN

Chaidh na cunntasan ullachadh a rèir riatanasan na h-inbhe cunntasachd IAS 19 agus nan cois tha luachadh le clèireach-urrais air fèicheanasan an sgeama pheinsein mar a tha air a mhìneachadh ann an nòta 11 airson nan cunntasan. Mar phàirt de seo tha fèicheanasan a dh'fheumar a phàigheadh sna bliadhnaichean air thoisearch oirnn mar fèicheanasan peinnsein a tha ag èirigh bho Bhòrd na Gàidhlig a bhith cumail ri IAS 19. Tha Hymans Robertson LLP, an clèireach-urrais airson an sgeama pheinnsein, air obrachadh a-mach dè na fèicheanasan a th' ann fo IAS 19. Nì an clèireach-urrais ath-sgrùdadhe air stèidh maoineachaидh an sgeama pheinnsein a h-uile trì bliadhna, cho math ri ath-sgrùdaidhean gach bliadhna ma dh'fheumar. Chaidh an luachadh ofigeil a dhèanamh air a' mhaoin air 31 Màrt 2014. Nuair a bha iad a' tomhas dè a' chosgais a bhiodh ann airson peinnseanan airson na bliadhna gu 31 Màrt 2015, tha an clèireach-urrais air gabhail ris gum bi luchd-obrach a' cumail orra a' cosnadh shochairean ùra a rèir nan riaghailtean mar a tha iad an-dràsta agus gum bi an uiread pàighidh air a bheilear a' cosnadh peinnsean a' fuireach faisg air an aon ire nuair a thig luchd-obrach ùra an àite feadhainn a dh'fhalbhas.

Mura pàigh na tobraichean teachd-a-steach eile aig a' Bhòrd airson easbhaidh sam bith sa mhaoin pheinnsein 's e an aon dòigh eile air a phàigheadh 's ann bho thabhartasan a gheibhean no bhon Tabhartas-gus-Cuideachadh aig an roinn a bheir Ùghdarrasan dhuinn, A' Bhuidheann-stiùridh airson Ionnsachaидh aig Riaghaltas na h-Alba. Thoradh, fo mhodhan àbhaisteach a thaobh a bhith cumail rian pàrlamaid air teachd-a-steach is caiteachas, chan fhaodar tabhartasan den t-seòrsa sin a phàigheadh mus bi feum orra.

The accounts have been prepared incorporating the requirements of the accounting standard IAS 19 and include an actuarial valuation of the pension scheme liability as explained in note 12 to the accounts. This reflects the inclusion of liabilities falling due in future years in respect of pension liabilities arising from the application of IAS 19 to Bòrd na Gàidhlig. Hymans Robertson LLP, the actuary to the pension scheme, has calculated the liability arising under IAS 19. The actuary conducts a triennial review of the funding basis of the pension scheme, along with yearly reviews when appropriate. The formal valuation of the fund was conducted as at 31 March 2014. In preparing the projected pension expense for the year to 31 March 2015, the actuary has assumed employees continue to earn new benefits in line with the regulations as they currently stand and that the pensionable payroll remains stable with new entrants replacing leavers.

To the extent that the pension deficit is not met from the Bòrd's other sources of income it may only be met by future grants or Grant-in-Aid from its sponsor division, the Scottish Government Learning Directorate. This is because, under the normal conventions applying to parliamentary control over income and expenditure, such grants may not be paid in advance of need.

Chan eil adhbhar sam bith ann do Bhòrd na Gàidhlig smaoineachadh nach fhaigh sinn ùghdarris is aonta bho na Ministearan san àm ri teachd no gum faigh sinn nas lugha taic. Mar sin, chaidh a mheasadh gun robh e iomchaidh na h-aithrisean ionmhasail seo ullachadh leis an tuigse gun cùm a' bhuidheann a' dol.

The Bòrd has no reason to believe that the department's future sponsorship and future Ministerial approval will not be forthcoming or will only provide a reduced support to Bòrd na Gàidhlig. Given the above it has accordingly been considered appropriate to adopt a going concern basis for the preparation of these financial statements.

AN ÀRAINNEACHD ENVIRONMENTAL MATTERS

'S e prìomh dhleastanas Bhòrd na Gàidhlig a' Ghàidhlig a chur air adhart, agus tha sinn a' dèanamh ar dìchill ann an co-bhuinn ri Riaghaltas na h-Alba, muinntir na h-Alba agus na buidhnean Gàidhlig gus piseach a thoirt air cor a' chànan. Nar n-obair tha sinn a' frithealadh air gach ceàrnaidh de dh'Alba agus tha sinn a' cur gu mòr ri cultar agus foghlam na h-Alba. Tha e na amas do Bhòrd na Gàidhlig gach targaid a choileanadh a thaobh na h-àrainneachd agus nì sinn aithris gach bliadhna air a' choileanadh sin.



Iain Caimbeul
An t-Ofigeal Cunntachail
4 Ògmhios 2015



Iain Campbell
Accountable Officer
4 June 2015

Aithisg Nan Stiùirichean Directors' Report

BALLRACHD A' BHÙIRD BÒRD COMPOSITION

Gheibhearr fiosrachadh air Buill a' Bhùird san Aithris air Riaghadh; chithear Clàr Chom-pàirtean nam Ball air làrach-lìn Bhòrd na Gàidhlig: www.gaidhlig.org.uk

Information on Bòrd Members is given in the Governance Statement; the Register of Members' interests can be viewed on the Bòrd na Gàidhlig Website www.gaidhlig.org.uk



FIOSRACHADH COILEANAIÐH PERFORMANCE INFORMATION

Chithear fiosrachadh air an adhartas a tha Bòrd na Gàidhlig air a dhèanamh a thaobh a bhith coileanadh ar Plana Corporra aig 31 Màrt 2015 ann an Aithisg a' Cheannaird.

Information on Bòrd na Gàidhlig's progress in delivering its Corporate Plan as at 31 March 2015, is given in the Ceannard's Review.

LUCHD-OBRACH A' GABHAIL COM-PÀIRT EMPLOYEE INVOLVEMENT

Bithear a' cumail fiosrachadh ris an luchd-obrach mun bhuidhinn, ar daoine agus ar n-obair tro dhiofar ghnìomhan, mar choinneamhan luchd-obrach a thèid a chumail gu cunbalach, fios bho na priomh mhanaidsearan, agus seiminearan is colabhairtean.

Tha ro-innleachd trèanaidh is leasachaiddh aig Bòrd na Gàidhlig airson an luchd-obrach air fad. Tha an ro-innleachd seo a' cur ri bhith coileanadh an amais aig Bòrd na Gàidhlig gun cùm sinn suas agus gun toir sin piseach air buadh ar n-obrach. Bidh an ro-innleachd seo a' gabhail ealla shònraichte ri priomhachasan Bhòrd na Gàidhlig fhèin, mar a chithear sa Phlana Chorporra, agus ris na feumalachdan leasachaiddh a th' aig gach neach-obrach fa leth.

Thairis air a' bhliadhna chuir am Bòrd an ainm ri Aonta Aithneachaiddh le Aonadh nan Seirbheisean Poblach is Coimeirseala (PCS) agus thug sinn cead don Riochdaire a chaidh a Thaghadh a dhol gu seiseanan trèanaidh iomchaidh.

Employees are kept informed about the organisation, its people and business through a range of activities, which include regular staff meetings and briefings by senior managers and attendance at seminars and conferences.

Bòrd na Gàidhlig has a training and development strategy for all staff. The strategy supports the delivery of Bòrd na Gàidhlig's commitment to maintaining and improving the effectiveness of its work. The strategy pays particular attention to Bòrd na Gàidhlig's own priorities, as set out in the Corporate Plan, and to the development needs of individual members of staff.

In the course of the year the Bòrd signed a Recognition Agreement with the Public and Commercial Services Union (PCS) and released the Elected Representative for the relevant training sessions.

DLEASTANASAN CO-IONANNACHD

EQUALITY DUTY

Fo Riaghailtean Achd na Co-ionannachd 2010 (Dleastanasan Sònraichte) (Alba) (na Riaghailtean), feumaidh Bòrd na Gàidhlig (am Bòrd) fios fhoillseachadh mun adhartas a nì e a thaobh a bhith dèanamh dleastanasan co-ionannachd na roinne poblach nan nì àbhaisteach don bhuidhinn agus a thaobh nam builean a stèidhich a' bhuidheann airson a h-uile dà bhliadhna. Tha am Bòrd air cur roimhe fios às ùr a thoirt seachad mar phàirt de dh'aithisg bhliadhnailean na buidhne, agus tha geàrr-iomradh ann air sin gu h-iosal.

Gheibhear aithisg iomlan anns an Èarr-ràdh air an lèrach-lìn againn, leis an fhiorsachadh as ùire air prògram nan iomairtean a tha sinn a' cur an sàs gus co-ionannachd a dhèanamh àbhaisteach nar n-obair. An lùib sin tha fiosrachadh air an adhartas a thathar a' dèanamh gus na builean a choileanadh a thaobh co-ionannachd.

Am measg nam priomh iomairtean airson co-ionannachd a dhèanamh àbhaisteach tha:

- Trèanadh air a thoirt do luchd-obrach;
- Measadh air a dhèanamh air gach poileasaidh Sgiobachd a thaobh cùisean co-ionannachd;
- Measadh laghail air a dhèanamh air cùmhnantan solarachaidh a thaobh cùisean co-ionannachd;
- A' cur modhan-obrach an gniomh gus co-ionannachd am measg luchd-obrach a sgrùdadh agus am measg dhaoine fa leth a gheibh maoineachadh bhon Bhòrd;
- A' crìochnachadh rannsachadh a bha coimhead air dè am fiosrachadh a th' ann a thaobh co-ionannachd an lùib a bhith toirt seachad sheirbheisean Gàidhlig.

Cuideachd, choinnich am Bòrd ri Coimisean na Co-ionannachd is nan Còraichean Daonna gus bruidhinn air mar a nithean adhartas ann a bhith coileanadh nam builean, agus tha barrachd fiosrachaidh orra sin san Èarr-ràdh air an lèrach-lìn againn. Tha am Bòrd air na builean a leanas a stèidheachadh gus adhartas a dhèanamh ann a bhith libhrieadh gach buil a tha air a mhìneachadh san aithisg iomlan. Tha geàrr-iomradh beag ann gu h-iosal air an adhartas a rinneadh mu choinneamh gach buil:

Buil 1

Am measg nan daoine fa leth a gheibh maoineachadh (aig an àm seo, maoineachadh airson trèanadh thidsearan), bidh daoine a tha bho bhuidhnean aig a bheil dion sònraichte air an riochdachadh chun na h-ìre a bhite a' sùileachadh agus mar a tha an sluagh coitcheann air a riochdachadh.

Tha am Bòrd air dàta a chruinneachadh bho luchd-iarrrais san dà bhliadhna a dh'fhalbh. Ged a tha an dàta a' sealltann gu bheil daoine bho chuid a bhuidhnean aig a bheil dion sònraichte air an deagh riochdachadh, tha e a' sealltann gu bheil cothroman ann 's dòcha siùl a chur an sàs gus barrachd luchd-iarrrais a tharraing bho dhaoine a bhuineas do mhion-chinnidhean. Thèid sin a thoirt air adhart san ath bhliadhna ionmhais.

Under the Equality Act 2010 (Specific Duties) (Scotland) Regulations (the Regulations) Bòrd na Gàidhlig (the Bòrd) is required to publish progress on mainstreaming the public sector equality duty and the outcomes the organisation has set every two years. The Bòrd has committed to providing an update as part of the organisation's annual report and a summary has been provided below.

The full report of the programme of mainstreaming initiatives that the organisation has been working to deliver with an update, together with progress towards delivery the equality outcomes, can be found in the Appendix published on our website.

Mainstreaming progress highlights include:

- Delivery of staff training;
- Assessment of all HR policies for equality issues;
- Legal assessment of procurement contracts for equality issues;
- Implementation of procedures for monitoring equalities for staff and individuals receiving funding from the Bòrd;
- Completion of research that examined the availability of equalities data with relation to the provision of Gaelic services.

The Bòrd also met with the Equalities and Human Rights Commission to discuss moving forward with the outcomes, which is discussed in more detail at the Appendix published on our website. The Bòrd has set the following outcomes to work towards and progress with delivering each outcome is detailed in the full report. A brief summary of progress is provided against each of the outcomes below:

Outcome 1

Funding for individuals (currently funding for teacher training) has the same representation from groups with protected characteristics as in the general population.

The Bòrd has collected data from applicants for the past two years. While the data evidences good representation from across some groups with protected characteristics, it does suggest there may be opportunities to implement measures to attract more applicants from minority ethnic groups. This will be taken forward during the next financial year.

Buil 2

Bidh sgioba obrach iomadach agus tàlantach le deòin airson an obair aig a' Bhòrd a tha riochdachadh aig gach ìre na coimhearsnachdan iomadach air a bheil sinn a' frithealadh.

Tha suidheachadh ann fhathast far nach eil mòran atharraichean a' tighinn air sgioba obrach a' Bhùird, agus le sin tha e gu math doirbh tomhas dè cho soirbheachail agus a tha sinn ann a bhith coileananadh na buile seo le bhith cleachdad nam figearan a chruinnich sinn. Tha am Bòrd a' dol a bheachdachadh air mar a dh'fhaodadh dèiligeadh ris a' bhuil seo ann an dòigh nas fheàrr tro chothroman gus co-ionannachd a dhèanamh na nì àbhaisteach nar n-obair san ath bhliadhna ionmhais.

Buil 3

Le bhith cleachdad fiosrachadh, a thèid a chruinneachadh bho bhuidhnean poblach a tha cur Planaichean Gàidhlig a-steach, comharrachidh sinn na priomh chûisean a tha a' toirt buaidh air daoine a tha fo dhòn sònraichte nuair a tha iad a' faontainn sheirbheisean Gàidhlig air feadh Alba.

Chaidh rannsachadh mòr a bharantachadh ann an 2014 gus coimhead air adhartas leis a' Phlana Cànan Nàiseanta Ghàidhlig. A rèir nan toraidhean, cha bhithear a' tional ach glè bheag dàta air mar a tha seirbheisean Gàidhlig gan toirt seachad. Coimheadaiddh am Bòrd a-nis air dòighean eile gus cùisean a dh'fhaodadh buaidh a thoirt air daoine fo dhòn sònraichte a chomharrachadh, mar a tha air a mhìneachadh ann am barrachd doimhneachd fo Bhuil 4.

Cuideachd, bharantaich am Bòrd rannsachadh air Gàidhlig do dh'inhich. Sheall an suirbhidh gun robh beagan a bharrachd dhaoine a tha gam meas ciorramach air an riochdachadh am measg inbhich a tha nan luchd-ionnsachaidh Gàidhlig na tha air an riochdachadh am measg inbhich a tha nan luchd-ionnsachaidh san fharsaingeachd ann an Alba, ach bha an ìre riochdachaiddh sin fhathast gu math nas lugh a na an cuibhreann de dhaoine ann an Alba a tha gam meas fhèin ciorramach. Chaidh feum a dhèanamh de na toraidhean gus cuideachadh le bhith dealbh ro-innleachd airson Gàidhlig do dh'inhich agus thathar an dùil sùil a chumail air ìrean riochdachaiddh ann an suirbhidhean eile a bhios ann.

Buil 4

Bidh daoine le comas air choreigin sa Ghàidhlig bho earrainnean cinneachail neo-gheal air an riochdachadh mar bu chòir agus mar a tha an sluagh coitcheann air a riochdachadh, anns gach sgìre ann an Alba.

Às dèidh toraidhean an sgrùdaidh air adhartas le bhith coileananadh a' Phlana Nàiseanta Cànan Ghàidhlig, tha am Bòrd a' dol a choimhead feuch an gabh rannsachadh a bharantachadh gus coimhead air a' chùis seo gu sònraichte san ath bhliadhna ionmhais.

Outcome 2

The Bòrd will have a diverse, talented and motivated workforce that reflects at all grades the diverse communities being served.

There continues to be a very low turnover of staff at the Bòrd and consequently it is very difficult to gauge success with this outcome from the statistics that have been gathered. The Bòrd will consider whether this outcome may be better addressed through mainstreaming opportunities over the next financial year.

Outcome 3

Using information gathered from other public bodies submitting Gaelic Language Plans, identify key issues facing those with protected characteristics accessing Gaelic services across Scotland.

A major piece of research looking at progress with the National Gaelic Language Plan (NGLP) was commissioned during 2014. The findings suggested very little data is captured in relation to Gaelic service provision, and the Bòrd will now look at other means of identifying potential issues, discussed further under Outcome 4.

The Bòrd also commissioned some research looking at adult learners of Gaelic. The survey highlighted that, while the representation of those that considered themselves disabled amongst adult learners of Gaelic was slightly higher compared to adult learners in Scotland in general, it was still much lower than the representation in the general population. The findings from the survey were used to inform the strategy for adult learners of Gaelic and it is intended to continue monitoring representation in future surveys.

Outcome 4

Those with some Gaelic ability from non-white ethnic groups will have the same representation as in the general population within their area, in all geographic areas of Scotland.

Following the findings of the survey looking at progress with the NGLP, the Bòrd will look at the viability of commissioning research to specifically look at this issue in the next financial year.

FÈICHEANASAN PEINNSEIN PENSION LIABILITIES

Air 31 Màrt 2015, b' e am fèicheanas lom airson maoin nam peinnseanan, a rèir Inbhe Cunntasachd Eadar-nàiseanta 19 (IAS 19), £0.978m (£0.567m 2013/14). Chaidh am fèicheanas seo ann an Cùl-stòr nam Peinseanan an àirde £0.411m seach gun robh am meudachadh ann an ullaichean an sgeama ri linn sochairean, bho £2,132m gu £3,220m, nas mothà na am meudachadh a chunnacas ann an luach cothromach so-mhaoin an sgeama bho £1.319m gu £2.243m. Chithear am poileasaidh cunntasachd airson na maoine seo ann an Nòta 1 (duilleag 68) airson nan cunntasan. Gheibhear fiosrachadh foillsichte a thaobh IAS 19 ann an nòta 12 (duilleagan 77 gu 87 gheibhear fiosrachadh eile mu pheinnseanan san Aithisg air Tuarastalan, duilleagan 42 is 47.

At 31 March 2015 the net pension fund liability in terms of International Accounting Standard 19 (IAS 19) was £0.978m (£0.567m 2013/14). This liability on the Pension Fund Reserve has increased by £0.411m due to the increase in the scheme's benefit obligation from £2,132m to £3,220m being greater than the increase in the fair value of scheme's assets from £1.319m to £2.243m. The accounting policy for this fund is given in note 1 (page 68) to the accounts. IAS 19 disclosures are given in note 12 (pages 77 to 87 inclusive). Other pension information is given in the Remuneration Report pages 42 to 47.

CÌSEAN NACH BUIN DON SGRÙDADH NON AUDIT FEES

Cha deach suimeannan a phàigheadh don neach-sgrùdaidh bhon taobh a-muigh, Sgrùdadh na h-Alba, ach a thaobh an sgrùdaidh reachdail a rinn iad (faicibh nota 6, duilleag 74) airson nan cunntasan.

No payments were made to the external auditor, Audit Scotland, other than in respect of the statutory audit (see note 6, page 74) to the accounts.

A' FOILLSEACHADH FIOSRACHADH DO LUCHD-SGRÙDAIDH DISCLOSURE OF INFORMATION TO THE AUDITORS

Mar an t-Oifigear Cunntachail, cho far is 's aithne dhomh, chan eil fiosrachadh sam bith ann mu nach eil fios aig luchd-sgrùdaidh a' Bhùird agus còir fios a bhith aca air. Tha mi air gach nì a dhèanamh a bha còir agam a dhèanamh gus dèanamh cinnteach gun robh fios agam air fiosrachadh sam a bha còir a bhith air a sgrùdadh agus gus dèanamh cinnteach gun robh fios aig luchd-sgrùdaidh a' Bhùird air an fhiosrachadh sin.

As Accountable Officer, as far as I am aware, there is no relevant audit information of which the Bòrd's auditors are unaware. I have taken all reasonable steps to make myself aware of any relevant audit information and to establish that the Bòrd's auditors are aware of the information.

LUCHD-OBRACH DHETH TINN SICKNESS ABSENCE

Bha daoine dheth tinn sa bhliadhna gu 31 Màrt 2015 airson 523 làithean (2014 – 305 latha), sin 10.6% (2014 – 6.1%) de na làithean a dh'fhaodadh daoine a bhith ag obair. Tha sin coltach ri gach neach-obrach a bhith dheth tinn 24 làithean gu cuibheasach thar na bliadhna (2014 – 14.5 làithean).

Sickness absence during the year to 31 March 2015 was 523 days (2014 – 305 days), representing 10.6% (2014 – 6.1%) of the total number of working days. This equates to an average number of days sickness per member of staff of 24 days (2014 – 14.5 days).

TACHARTASAN CO-CHEANGAILTE RI DÀTA PEARSANTA PERSONAL DATA RELATED INCIDENTS

Cha robh gin a thachartasan ann co-cheangailte ri dàta pearsanta rè na bliadhna (2014 – cha robh gin).

There were no personal data related incidents during the year (2014 Nil).

Iain Caimbeul
An t-Ofigear Cunntachail
4 Ògmhios 2015

Iain Campbell
Accountable Officer
4 June 2015

AITHISG AIR
TUARASTALAN
REMUNERATION
REPORT

NEO-SGRÙDAICHTE

Tha Tuarastalan an urra ris a' Chomataidh Poileasaidh is Ionmhais.

Bidh a' Chomataidh seo ag aontachadh ri ìrean pàighidh a rèir Poileasaidh Pàighidh Riaghaltas na h-Alba airson na Roinne Poblaich airson Crìochan Pàighidh Luchd-obrach. Bidh a' chomataidh cuideachd a' stèidheachadh mholaidhean airson pàigheadh a tha co-cheangailte ri coileanadh airson luchd-obrach, an Sgioba Stiùiridh agus an Ceannard.

Bidh luchd-obrach Bhòrd na Gàidhlig a' faighinn tuarastal tro structar pàighidh le diofar ìrean, a tha stèidhichte air ìrean pàighidh a bhios Riaghaltas na h-Alba a' cur an gniomh. Tha seo a' toirt dhuinn dòigh chothromach, shoilleir agus sheasmhach leis am faodar mar a ghluaiseas daoine tro na h-ìrean pàighidh a mheasadh, a stèidheachadh agus a riaghadh, agus sin stèidhichte air mar a tha am Bòrd agus luchd-obrach a' coileanadh an cuid dhleastanasan. Tha am Bòrd air an aon stèidh ri Riaghaltas na h-Alba a thaobh cùisean co-cheangailte ri pàigheadh, agus thèid dèiligeadh ri crìochan pàighidh fon phròiseas, "buidhnean nas lugha".

SGRÙDAICHTE

UNAUDITED

Remuneration comes within the remit of the Policy and Finance Committee.

The role of this committee involves approval of the salary levels of the staff in terms of the Scottish Government Public Sector Pay Policy for Staff Pay Remits. It further determines performance related pay proposals for the staff, Senior Management Team and Ceannard.

Bòrd na Gàidhlig staff are remunerated on a pay and grading structure based on the pay scales operated by the Scottish Government. This provides a rigorous, fair and transparent mechanism for assessing, determining and managing salary progression through grades, based on Bòrd and individual performance levels. The Bòrd is aligned to Scottish Government for pay purposes, and pay remits are handled under the process for "smaller bodies".

AUDITED

	2015 Iomlan Total £'000	2014 Iomlan Total £'000	
Tuarastal Buill a' Bhùird			
Tuarastal / Cisean:			Remuneration of Bòrd Members
Cathraiche – Iain Caimbeul	8	12	Cathraiche – Iain Campbell
Cathraiche Eadar-amail – Ailean Dòmhnullach	8	0	Interim Chair – Allan MacDonald
Buill eile	45	51	Other Members
	61	63	

BUILL A' BHÙIRD BÖRD MEMBERS

	Tuarastal		Remuneration 2014 £	
	2015			
	£	2014		
Iain Caimbeul - Leig e dheth a dhreuchd mar Chathraiche air 30 Samhain 2014	8,391	12,483	Iain Campbell - Resigned as Cathraiche on 30 November 2014	
Cathraiche Eadar-amail - Ailean Dòmhnullach bho 1 Dùblachd 2014	8,412	-	Interim Chair - Allan MacDonald from 1 December 2014	
Ealasaid Nic an t-Saoir	6,304	6,241	Elizabeth McAtear	
Colla Dòmhnullach	6,304	6,241	Coll MacDonald	
Iain MacLeod	6,304	6,241	Iain MacLeod	
June Ghreumach	6,304	6,241	June Graham	
Seona Niclllnnein	6,304	6,241	Shona MacLennan	
Fiona O' Hanlon	6,304	-	Fiona O' Hanlon	
Dòmhnull MacLeod	6,304	-	Donald Macleod	
Buill a leig dhiubh an dreuchd	-	19,058	Retired Members'	
	60,931	62,746		

TUARASTAL A' CHATHRAICHE REMUNERATION OF CATHRAICHE

	2015	2015	2014	2014
	Tuarastal	Buannachdan Neo-ionmhasail	Tuarastal	Buannachdan Neo-ionmhasail
	Salary £'000	Benefits in Kind £'000	Salary £'000	Benefits in Kind £'000
Cathraiche			Cathraiche	
Iain Caimbeul (Gu 30 Samhain 2014)	5 - 10 (10 - 15 co-ionann ri bliad hna shlàn) (10 - 15 full year equivalent)	-	5 - 10 (10 - 15 co-ionann ri bliad hna shlàn) (10 - 15 full year equivalent)	-
Ailean Dòmhnullach (Cathraiche Eadar-amail bho 1 Dùblachd 2014)	5 - 10 (10 - 15 co-ionann ri bliad hna shlàn) (10 - 15 full year equivalent)	-	5 - 10 (10 - 15 co-ionann ri bliad hna shlàn) (10 - 15 full year equivalent)	Allan MacDonald (Interim Chair from 1 December 2014)

TUARASTALAN A' CHEANNAIRD IS AN SGIOBA STIÙIRIDH REMUNERATION OF CEANNARD AND SENIOR MANAGEMENT TEAM

Ball den Sgoba Stiùiridh Management Team Member	2015 Tuarastal Salary £'000	2015 Buannachdan Neo-ionmhasail (chun an £100 as fhaigse) Benefits in kind (to nearest £100)	2015 Sochairean Peinnsein Pension benefits £'000	2015 iomlan Total £'000	2014 Tuarastal Salary £'000	2014 Buannachdan Neo-ionmhasail (chun an £100 as fhaigse) Benefits in kind (to nearest £100)	2014 Sochairean Peinnsein Pension benefits £'000	2014 iomlan Total £'000	
	Iain A MacAoidh (Ceannard gu 1 Màrt 2015) John A MacKay (Ceannard to 1 March 2015)	70 - 75	0	20	90 - 95	65 - 70	0	17	85 - 90
	Iain Caimbeul (Ceannard bho 2 Màrt 2015) Iain Campbell (Ceannard from 2 March 2015) Ionann ri bliadhna shlàrn Full year equivalent	5 - 10	0	1	5 - 10	0	0	0	0
	Daibhidh Boag (Leasaiche Cànan Gàidhlig) David Boag (Head of Gaelic Usage)	65 - 70	0	17	85 - 90	0	0	0	0
	Alasdair MacFhionghuin (Leasaiche Ionmhais is Chúisean Corporra) Alasdair MacKinnon (Head of Finance and Corporate Affairs)	50 - 55	0	16	65 - 70	45 - 50	0	14	60 - 65
	Màiri NiclìeMhaoil (Leasaiche Foghlaim & Ionnsachaidh) Mary MacMillan (Head of Education & Learning)	50 - 55	0	25	75 - 80	45 - 50	0	19	65 - 70
	Steven MacIomhair (Manaidsear Corporra is Conaltraidh) Steven MacIver (Corporate & Communications Manager)	35 - 40	0	11	45 - 50	30 - 35	0	8	40 - 45

Tha aig buidhnean a tha dèanamh aithris ri coimeas a dhèanamh eadar an neach-obrach aig a bheil an tuarastal as mothà agus tuarastal cuibheasach luchd-obrach na buidhne.

Reporting bodies are required to disclose the relationship between the remuneration of the highest paid staff member in their organisation and the median remuneration of the organisation's workforce.

B' e bann tuarastail an neach-obrach (an Ceannard) a fhuair am pàigheadh as àirde aig Bòrd na Gàidhlig sa bhliadhna ionmhais 2014-15 £70,000 - £75,000 (2013- 2014 £65,000 - £70,000). Bha seo 2.4 uiread (2013-2014 2.4) cho mòr ri tuarastal cuibheasach an luchd-obrach, a bha aig £29,540 (2013-2014 - £28,510).

The banded remuneration of the highest-paid staff member (Ceannard) in Bòrd na Gàidhlig in financial year 2014-2015 was £70k - £75k (2013- 2014 £65k - £70k). This was 2.4 times (2013-2014 2.4) the median remuneration of the workforce, which was £29,540 (2013-2014 - £28,510).

Ann an 2014-2015 cha d'fhuair duine den luchd-obrach (cha d'fhuair duine ann an 2013-2014 nas mothà) tuarastal a bha nas mothà na fhuair an Ceannard. Bha tuarastalan aig daoine eadar £18,806 is £62,129 (2013-2014 £18,556 to £59,877).

In 2014-2015 Nil (2013-2014 Nil) employees received remuneration in excess of the Ceannard. Remuneration ranged from £18,806 to £62,129 (2013-2014 £18,556 to £59,877).

Tha tuarastal iomlan a' gabhail a-staigh an tuarastal, pàigheadh neo-stèidhichte co-cheangailte ri coileanadh agus buannachdan neo-ionmhasail. Chan eil e a' gabhail a-staigh suimeannan a phàigheas an neach-fastaidh don pheinnsean no luach an airgid a gheibhear airson peinnsean a għluasad.

Total remuneration includes salary, non-consolidated performance-related pay and benefits-in-kind. It does not include employer pension contributions and the cash equivalent transfer value of pensions.

LÀN-CHÒRAICHEAN BUILL A' BHÙIRD, A' CHEANNAIRD AGUS AN SGIOBA STIÙIRIDH A THAOBH PHEINNSEANAN

Tha am Bòrd a' cur an sàs sgeama shochairean suidhichte mar bhuidhinn aig a bheil com-pàirt ann am Maoin Pheinnseanan Comhairle na Gàidhealtachd, agus tha stòras na maoine sin air a chumail ann am maoin fa leth fo stiùir urrasairean (nòta 12 airson nan aithrisean ionmhasail).

Fon FreM, feumar fiosrachadh fhoillseachadh a thaobh làn-chòraichean peinnsean Buill a' Bhùird, a' Cheannaird agus an Sgioba Stiùiridh.

Chan eil còraichean peinnsein idir aig Buill a' Bhùird.

San Sgioba Stiùiridh airson na bliadhna gu 31 Màrt 2015 bha Iain Aonghas MacAoidh (an Ceannard (gu 1 Màrt 2015) agus an t-Oifgear Cunntachail (gu 31 Màrt 2015), Iain Caimbeul (An Ceannard bho 2 Màrt 2015), Alasdair MacPhionghuin (Leasaiche Ionmhais & Seirbheisean Corporra), Dàibhidh Boag (Leasaiche Cànan Gàidhlig), Màiri NiclleMhaoil (Leasaiche Foghlaim is Ionnsachaidh) agus Steven MacIomhair (Manaidsear Corporra is Conaltraidh).

PENSION ENTITLEMENTS OF BÒRD MEMBERS, CEANNARD AND SENIOR MANAGEMENT TEAM

The Bòrd operates a defined benefit scheme as an admitted body under the Highland Council Pension Fund, the assets of which are held in a separate trustee administered fund (note 12 to the financial statements).

The FReM requires the disclosure of the information regarding the pension entitlements of the Bòrd Members, Ceannard and Senior Management Team.

Bòrd Members do not have any pension entitlement.

The Senior Management Team in place during the year to 31 March 2015 comprised of John A MacKay (Ceannard (to 1 March 2015) and Accountable Officer to 31 March 2015), Iain Campbell (Ceannard from 2 March 2015), Alasdair MacKinnon (Head of Finance and Corporate Affairs), David Boag (Head of Gaelic Usage), Mary MacMillan (Head of Education and Learning) and Steven MacIver (Corporate & Communications Manager).

Ball den Sgioba Stiùiridh	Luach nam Peinnseanan air 31/03/15 agus Caob Airgid Co-cheangailte	An dearbh mheudachadh sa Pheinnsean agus Caob Airgid Co-cheangailte a gheibhear aig Aois a' Pheinnsean	CETV air 31/03/15	CETV air 31/03/14	Dearbh mheudachadh sa CETV	Senior Management Team Member
	Bannan de £5,000	Bannan de £2,500	£'000	£'000	£'000	
	Accrued Pension as at 31/03/15 and Related Lump Sum	Real Increase in Pension and Related Lump Sum at Pension Age	CETV at 31/03/15	CETV at 31/03/14	Real Increase in CETV	
0.265 mm	Bandings of £5,000	Bandings of £2,500	£'000	£'000	£'000	
Iain A MacAoidh (Ceannard)	5 - 10	0 - 2.5	90	71	13	John A MacKay (Ceannard)
Iain Caimbeul (Ceannard)	0 - 5	0 - 2.5	2	0	1	Iain Campbell (Ceannard)
Alasdair MacPhionghuin (Leasaiche Ionmhais & Seirbheisean Corporra)	0 - 5	0 - 2.5	52	39	9	Alasdair MacKinnon (Head of Finance & Corporate Affairs)
Daibhidh Boag (Leasaiche Cànan Gàidhlig)	0 - 5	0 - 2.5	51	39	7	David Boag (Head of Gaelic Usage)
Màiri NiclleMhaoil (Leasaiche Foghlaim agus Ionnsachaidh)	15 - 20	0 - 2.5	152	134	14	Mary MacMillan (Head of Education & Learning)
Steven MacIomhair (Manaidsear Corporra is Conaltraidh)	0 - 5	0 - 2.5	10	3	4	Steven MacIver (Corporate & Communications Manager)

SOCHAIREAN CLUAINEIS

Airson buill a ghabh com-pàirt san sgeama pheinnsein ron 1 Giblean 2009, bidh sochairean gan gleidheadh aig an ìre, aon ochdadamh pàirt den tuarastal air am faighear peinnsean airson gach bliadhna de dh'obair, suas gu 40 bliadhna aig a' char as fhaide, còmhla ri caob airgid luach tri uiread a' pheinnsein airson na h-ùine a rinn iad seirbheis gu 31 Màrt 2009. Às dèidh sin, tha còir aca air sochairean air an aon stèidh agus a tha aig buill a ghabh com-pàirt san sgeama, air no às dèidh 1 Giblean 2009.

Airson buill a ghabh com-pàirt san sgeama pheinnsein air no às dèidh 1 Giblean 2009, bidh sochairean gan gleidheadh aig an ìre, aon seasgadamh pàirt den tuarastal air am faighear peinnsean airson gach bliadhna de dh'obair. Chan fhaigh iad caob airgid aig deireadh chùisean gun dad a dhèanamh, ge-tà faodaidh iad pàirt den pheinnsean bhlriadhnail aca a chleachdadh airson gum bi caob airgid aca nuair a leigeas iad dhiubh an dreuchd.

Bho 1 Giblean 2015, chaidh an sgeama na sgeama stèidhichte air cosnadh cuibheasach thar dhreuchd le ath-luachadh, le 49mh pàirt ga chur an dàrna taobh gach bliadhna agus cothrom air caob airgid le bhith tort airgead bhon pheinnsean.

LUACH AN AIRGID AIRSON PEINNSEAN A GHLUASAD

'S e th' ann an Luach an airgid airson peinnsean a għluasad (CETV) luach àireamhaichte nan sochairean a tha ball air a ghleidheadh bho sgeama peinnsein suas gu àm sònraichte agus sin air a mheasadh le clèireach-urrais. 'S iad na sochairean a thèid a mheasadh, sochairean a' bhuill, agus peinnsean sam bith eile aig ancompanach a thèid a phàigheadh bhon sgeama. 'Se a th' ann an CETV sùim a thèid a phàigheadh le sgeama peinnsein no rēteachadh gus sochairean peinnsein a ghleidheadh ann an sgeama peinnsein eile no rēteachadh airson nuair a tha ball a' fàgail sgeama agus iad a' roghnachadh na sochairean a għlèidh iad sa chiad sgeama a għluasad. Tha na figearan peinnsein a tha gan sealltainn a' buntainn ri sochairean a tha an neach fa leth air a ghleidheadh mar thoradh air a' bħallrachd iomlan a th' aca san sgeama pheinnsean, chan e direach an t-seirbheis a nì iad mar phàirt den sgioba stiùridh a dh'fheumar fħoillseachadh.

DEARBH MHEUDACHADH SA CETV

Tha seo a' sealltainn meudachadh sa CETV a tha gu ìre mhòr air a mħaoineachadh leis an neach-fastaidh. Mar phàirt dheth tha suimeannan a chuir an neach-obrach ris (a' gabhail a-staigh luach sochairean sam bith a chaidh a għluasad bho sgeama no aonta peinnsein eile) agus bidh e a' cleachdadħ buaidhean coitcheann a' mhargaidh air luachadh airson toiseach agus deireadh na h-ùine, ach chan eil e a' gabhail a-staigh àrdachadh sa pheinnsean ri linn atmhorachd.

Air aontachadh leis a' Bhòrd air 4 Ògmios 2015.

A chuir làmh ris às leth a' Bhùird

Iain Caimbeul
An t-Ofiegħar Cunntachail
4 Ògmios 2015

RETIREMENT BENEFITS

Members joining the pension scheme before 1 April 2009 accrued benefits at the rate of 1/80th of pensionable salary for each year of service, subject to a maximum of 40 years, together with a lump sum of three times the pension for the period of service to 31 March 2009. Thereafter they are entitled to benefits on the same basis as members joining on or after 1 April 2009.

For members joining the pension scheme on or after 1 April 2009, benefits accrue at the rate of one-sixtieth of pensionable salary for each year of service. They do not receive an automatic lump sum however they will be entitled to commute part of their annual pension for a lump sum on retirement.

From 1 April 2015 the scheme became a career average revalued earnings scheme, with 49ths pension and lump sum by commutation.

CASH EQUIVALENT TRANSFER VALUES

A cash-equivalent transfer value (CETV) is the actuarially assessed capitalised value of the pension scheme benefits accrued by a member to a particular point in time. The benefits valued are the member's benefits and any contingent spouses pension payable from the scheme. A CETV is a payment made by a pension scheme or arrangement to secure pension benefits in another pension scheme or arrangement when the member leaves a scheme and chooses to transfer the benefits accrued in the former scheme. The pension figures shown relate to the benefits that the individual has accrued as a consequence of their total membership of the pension scheme, not just their service in a senior capacity to which disclosure applies.

REAL INCREASE IN CETV

This reflects the increase in CETV effectively funded by the employer. It includes contributions paid by the employee (including the value of any benefits transferred from another pension scheme or arrangement) and uses common market valuation factors for the start and end of the period but does not include the increase in accrued pension due to inflation.

Approved by the Bòrd on 4 June 2015.

Signed on behalf of the Bòrd

Iain Campbell
Accountable Officer
4 June 2015

AITHRIS AIR DLEASTANASAN AN OIFIGEIR CHUNNTACHAIL

STATEMENT OF ACCOUNTABLE OFFICER'S RESPONSIBILITIES

Fo Earrainn 8 de Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, feumaidh Bòrd na Gàidhlig aithrisean ionmhasail ullachadh airson gach bliadhna ionmhais ann an cruth agus a rèir mhodhan a dh'iarras Riaghaltas na h-Alba. Thèid na h-aithrisean ionmhasail ullachadh a rèir nuair a thèid suimeannan a chlàradh agus feumaidh iad dealbh fior agus cothromach a shealltainn de shuidheachadh Bhòrd na Gàidhlig aig deireadh na bliadhna ionmhais agus de theachd-a-steach agus caiteachas, buannachdan is call a chaidh aithneachadh agus sruthan airgid airson na bliadhna ionmhais.

Nuir a tha iad ag ullachadh nan aithrisean ionmhasail, feumaidh an t-Oifigeir Cunntachail cumail ri riatanasan Leabhran an Riaghaltais airson Aithrisean Ionmhasail agus gu sònraichte a thaobh a bhith:

- Cumail ris an stiùireadh a dh'fhoillsich Ministearan na h-Alba air aithrisean ionmhasail, agus sin a' gabhail a-staigh cumail ris na riatanasan cunntasachd is foilseachaidh iomchaidh, agus a bhith a' cur an sàs poileasaidhean cunntasachd iomchaidh gu cunbalach;
- A' dèanamh co-dhùnaidhean is tuairmsean a tha reusanta;

Under Section 8 of the Gaelic Language (Scotland) Act 2005, Bòrd na Gàidhlig is required to prepare financial statements for each financial year in the form and on the basis determined by the Scottish Ministers. The financial statements are prepared on an accruals basis and must give a true and fair view of the state of affairs of Bòrd na Gàidhlig as at the end of the financial year and of the income and expenditure, total recognised gains and losses and cash flows for the financial year.

In preparing the financial statements, the Accountable Officer is required to comply with the requirements of the Government Financial Reporting Manual and in particular to:

- Observe the financial statements direction issued by the Scottish Ministers, including the relevant accounting and disclosure requirements, and apply suitable accounting policies on a consistent basis;
- Make judgements and estimates on a reasonable basis;

- A' mìneachadh mar a chaidh cumail ri inbhean cunntasachd iomchaidh a gheibhean ann an Leabhran an Riaghaltais airson Aithrisean ionmhasail, agus a' foillseachadh is a' mìneachadh àite sam bith sna h-aithrisean ionmhasail far nach deach cumail ris na h-inbhean seo; agus
- Ag ullachadh aithrisean ionmhasail leis an tuigse gun cùm a' bhuidheann a' dol.

Cuideachd tha dleastanas coitcheann air a' Bhòrd gus nas urrainn dha a dhèanamh gu reusanta gus dòn a dhèanamh air so-mhaoin a' Bhùird agus gus stad a chur, agus toirt an aire, air foill agus cùisean neo-riaghailteach eile.

Tha am Prìomh Oifigear Cunntachail aig Riaghaltas na h-Alba air ùghdarras a thoirt do dh'lain Caimbeul airson a bhith na Oifigear unntachail aig Bòrd na Gàidhlig bho 1 Giblean 2015. Tha na dleastanasan a bhuineas do a dhreuchd mar Oifigear Cunntachail a' Bhùird air an cur an cèill sa Mheòrachan airson Oifigearan Cunntachail a dh'fhoillsich Ministearan na h-Alba.

Tha uallach pearsanta air an Oifigear Chunntachail maoinean poblach a dhòn, agus iad a' dèanamh cinnteach gun téid iomchaidheachd is cumbhalachd a chur an sàs nuair a thathar a' làimhseachadh nam maoinean poblach sin agus tha uallach orra airson obair làitheil agus stiùireadh a' Bhùird, agus nì iad cinnteach (à)

- deagh riaghlaigh corporra;
- frèam stiùiridh airson coileanadh a tha daingeann agus a bheir taic do mar a tha am Bòrd a' soirbheachadh;
- gun gabh am Bòrd Stiùridh làn ealla ri cùisean ionmhasail nuair a tha iad a' dèanamh agus a' cur an sàs co-dhùnaidhean;
- gun cuirear an sàs rianan in-smachd is ionmhasail freagarrach;
- gum bi siostam airson rian a chumail air cunnartan stèidhichte sa bhuidhinn gus co-dhùnaidhean a thaobh planadh ionmhasail agus planadh obrachaидh a stiùireadh agus gus cuideachadh le bhith coileanadh cinn-uidhe is targaidean;
- gum bi cùisean a' sìor dhol am feabhas taobh a-staigh na buidhne;
- agus, gun cuirear an sàs poileasaidhean èifeachdach gus ar goireasan sgiobachd a stiùreadh.

Iain Campbell
An t-Oifigear Cunntachail
4 Ògmhios 2015

- State whether applicable accounting standards as set out in the Government Financial Reporting Manual have been followed, and disclose and explain any material departures in the financial statements; and
- Prepare the financial statements on a going concern basis.

In addition the Bòrd has general responsibility for taking such steps as are reasonably open to it to safeguard the assets of the Bòrd and to prevent and detect fraud and other irregularities.

The Principal Accountable Officer of the Scottish Government has designated Iain Campbell as Accountable Officer of Bòrd na Gàidhlig from 1 April 2015. His relevant responsibilities as Accountable Officer for the Bòrd are set out in the Memorandum to Accountable Officers issued by Scottish Ministers.

The Accountable Officer is personally responsible for safeguarding the public funds, ensuring propriety and regularity in the handling of those public funds and for the day-to-day operations and management of the Bòrd, and ensures:

- good corporate governance;
- a robust performance management framework which supports the achievement of the Bòrd;
- financial considerations are taken fully into account by the Bòrd at all stages in reaching and executing its decisions;
- adequate internal management and financial controls are maintained;
- a system of risk management is embedded in the organisation to inform decisions on financial and operational planning and to assist in achieving objectives and targets;
- continuous improvement within the organisation;
- and, effective human resource management policies are maintained.

Iain Caimbeul
Accountable Officer
4 June 2015

AITHRIS AIR RIAGHLADH GOVERNANCE STATEMENT

CÙL-FHIOSRACHADH

Bidh an Aithris air Riaghlaigh Corporra a' cumail clàr air stiùbhardachd Bhòrd na Gàidhlig agus tha i mar aithris a bharrachd airson nan cunntasan ionmhasail. Bidh an aithris seo cuideachd a' tarraing còmhla aithrisean air an t-suidheachadh mar a tha e agus fianais air riaghlaigh, is cumail rian is smachd air cunnartan, gus am bi dòigh aithris shoilleir agus chunbhalach againn.

FARSAINGEACHD MO DHLEASTANASAN

Mar an t-Oifigeir Cunntachail, tha e mar uallach orm siostam buadhach in-smachd a chumail suas a bheir taic do choileanadh phoileasaidhean, amasan agus cinn-uidhe na buidhne a stèidhich Ministearan na h-Alba. Tha e cuideachd an urra rium maoinean poblach agus so-mhaoinean poblach a dhòn, agus sin an urra riumsa gu pearsanta, a rèir nan dleastanasan a chaidh a stèidheachadh ann am "Mèòrachan an Oifigeir Chunntachail".

BACKGROUND

The Corporate Governance Statement records the stewardship of Bòrd na Gàidhlig and supplements the annual accounts. This statement also draws together position statements and evidence on governance, risk management and control, to provide a coherent and consistent reporting mechanism.

SCOPE OF RESPONSIBILITY

As Accountable Officer, I have responsibility for maintaining a sound system of internal control that supports the achievement of the organisation's policies, aims and objectives, set by Scottish Ministers, whilst safeguarding the public funds and assets for which I am personally responsible, in accordance with the responsibilities set out in the "Accountable Officer's Memorandum".

FRÈAM RIAGHLAIDH

Tha e na amas do Bhòrd na Gàidhlig cumail ri sàr mhodhan-obrach ann an riaghlaidh corporra. San fhrèam riaghlaidh tha siostaman is pròiseasan, feallsanachd agus prionnsabalan a stiùireas agus a chumas rian air a' Bhòrd. Cuideachd san fhrèam tha ar gnìomhachd a tha sinn cunntachail air a shon do Mhinistearan na h-Alba, agus a leigeas leinn a dhol an sàs ann an com-pàirt ri ar luchd-ùidhe. Tha e toirt comes don Bhòrd sùil a chumail air mar a choileanar ar cinn-uidhe ro-innleachdail agus 's urrainn dhuinn beachd a ghabhail feuch a bheil sinn a' faicinn nam builean a bha sinn an dùil fhaicinn ri linn nan ceann-uidhe sin.

Tha am frèam riaghlaidh air a bhith aig Bòrd na Gàidhlig airson na bliadhna a chrìochnaich air 31 Màrt 2015 agus suas chun a' chinn-latha a chaighd an Aithisg Bhliadhnaile agus an Aithris air na Cunnasan aontachadh.

AM BÒRD

Tha an Cathraiche air ceann a' Bhùird agus tha an Ceannard a' stiùireadhdh riaghlaidh gnìomhach na buidhne.

Air a' Bhòrd tha an Cathraiche agus suas ri naodhnar Bhall neodhreuchdail agus bidh iad a' coinneachadh gu cunbalach tron bhliadhna. Thèid Cathraiche is Buill a' Bhùird a chur an dreuchd le Ministearan na h-Alba. Mar as trice bidh buill a' Bhùird air a' Bhòrd airson ceithir bliadhna, ach dh'fhaodadh nach bithear daonnan a' cumail ri seo gus dèanamh cinnteach gum bi leantalachd ann am ballrachd a' Bhùird.

Tha uallach air a' Bhòrd airson àrd-stiùireadhdh, stiùireadhdh ro-innleachdail agus soirbheachadh na buidhne. Tha e cuideachd an urra ris a' Bhòrd siostaman airson rian air cunnartan agus siostaman in-smachd èifeachdach agus planadh airson leantalachd luchd-dreuchd a chur an sàs. Bidh am Bòrd a' coileanadh an dleastanasan le coinneamhan cunbalach agus coinneamhan sònraichte, ma bhios feum orra. Tha am Bòrd air cuid a chùisean a ghleidheadh fo an ùghdarris fhèin airson beachdachadh orra agus an aontachadh. Nam measg tha cùisean ro-innleachdail, cunnartan don bhuidhinn, aontachadh ris a' bhuidseart bhliadhnaile, a' buileachadh chùmhnan tan tàbhachdach agus planadh airson leantalachd luchd-dreuchd airson an sgioba stiùiridh.

Ann an 2014/15 chaidh latha trèanaidh a chur air dòigh do Bhuill a' Bhùird far an robhar a' beachdachadh air diofar chuspairean, leithid dàimh ri luchd-ùidhe, a' roghnachadh mar a thèid stòras a' Bhùird a chosg, targainean coileanaidh, dleastanasan luchd-obrach agus sealladh airson na slighe air adhart do BnG. Cuideachd ann an 2014/15, rinn Buill a' Bhùird cursa ann an sgilean riatanach far an do dh'ionnsaich iad mu chuspairean leithid, riaghlaidh corporra, cunntachalachd airson a bhith cur ro-innleachdan a' Bhùird an sàs, mar a tha "dearbhachd" cudromach do bhith dèanamh cinnteach gum bi cunntachalachd ann, co-dhùnaidhean a' Bhùird agus a' measadh mar a tha am Bòrd a' coileanadh a dhleastanasan.

Tha am Bòrd ag amas air sàr riaghlaidh corporra a chur an sàs agus tha iad den bheachd gu bheil structar riaghlaidh gu math deatamach do bhuidhinn a tha a' dol a shoirbheachadh.

GOVERNANCE FRAMEWORK

Bòrd na Gàidhlig is committed to high standards of corporate governance. The governance framework comprises the systems and processes, and culture and values by which the Bòrd is directed and controlled; and its activities through which it accounts to Ministers and engages with its stakeholders. It enables the Bòrd to monitor the achievement of its strategic objectives, and to consider whether those objectives have led to the delivery of the desired outcomes.

The governance framework has been in place at Bòrd na Gàidhlig for the year ended 31 March 2015 and up to the date of approval of the Annual Report and Statement of Accounts.

THE BÒRD

The Cathraiche leads the Bòrd and the Ceannard leads the executive management of the organisation.

The Bòrd comprises of the Cathraiche and up to nine non-executive Members, and meets regularly throughout the year. The Cathraiche and Board Members are appointed by Scottish Ministers. The normal term of office for a Bòrd member is four years, although lengths of appointments may be varied to ensure continuity of Bòrd membership.

The Bòrd is responsible for the overall management, strategic direction, maintenance of sound risk management and internal control systems, succession planning and performance of the body. It discharges its responsibilities through regular scheduled meetings and ad hoc meetings, as may be required. The Bòrd has reserved specific matters to itself for determination and approval which include strategic issues, the risk profile of the body, approval of the annual budget, approval of material contracts and succession planning for senior management.

During 2014/15 an away day for Bòrd Members' was held covering topics such as relationships with stakeholders, resource allocation, performance targets, staff roles and a vision for BnG going forward. Also, during 2014/15 Members' attended an essential skills for Board Members course which covered topics such as corporate governance, accountability for implementing Board strategy, role of "assurance" in ensuring accountability, Board decision making and evaluating Board performance.

The Bòrd is committed to high standards of corporate governance and believes that a sound governance structure engenders a successful organisation.

COMATAIDHEAN A' BHÙIRD

A' Chomataidh Sgrùdaidh

Tha Comataidh Sgrùdaidh aig a' Bhòrd a bhios a' coinneachadh co-dhiù trì tursan sa bhliadhna. Tha triùir bhall bhon Bhòrd air, agus bha Colla Dòmhnullach na Chathraiche air a' Chomataidh.

Bidh an luchd in-sgrùdaidh agus an luchd-sgrùdaidh bhon taobh a-muigh an làthair aig a h-uile coinneamh den Chomataidh Sgrùdaidh. Tha cothrom aig an luchd in-sgrùdaidh agus an luchd-sgrùdaidh bhon taobh a-muigh bruidhinn gu diomhair ri buill na Comataidh. 'S e adhbhar na Comataidh Sgrùdaidh sùil a chumail air agus sgrùdadh a dhèanamh air cunnartan, smachd agus riaghlaidh corporra. Bidh i ag obair air stèidh neosimeileach agus nì i aithrisean don Bhòrd.

Tron bhliadhna rinn Buill na Comataidh Sgrùdaidh fèin-mheasadh orra fhèin a réir molaidhean Leabhran Chomataidhean Sgrùdaidh na h-Alba. B' e toradh a' mheasaidh sin, gun robhar a' coileanadh nam bun-phrionnsapalan is deagh mhodhan-obrach a tha "Leabhran nan Comataidhean Sgrùdaidh", a dh'fhoillsich Riaghaltas na h-Alba, a' moladh airson Comataidh Sgrùdaidh bhuadhach.

A' Chomataidh Poileasaidh is Ionmhais

'S e adhbhar na Comataidh seo comhairle a thoirt don Bhòrd feuch am bi planadh ionmhasail agus coileanadh obrachaidd ro-innleachdail ann a tha èifeachdach agus buadhach agus tha e an urra riutha tabhartasan eadar barrachd air £15,000 is nas lughna na £40,000. Chaith dleastanasan na Comataidh Tuarastail a bh' ann roimhe a ghabhail òs làimh leis a' Chomataidh seo bhon Lùnastal 2014, agus 's iad na dleastanasan sin, comhairle a thoirt don Bhòrd mu chùisean co-cheangailte ri tuarastalan luchd-obrach agus cùmhnanntan obrach, agus tha e an urra riutha iреan pàighidh do luchd-obrach aontachadh, agus ath-sgrùdadh pàighidh bliadhna agus cumhachan pàighidh co-cheangailte ri coileanadh aontachadh.

Tha E拉斯aid Nic an t-Saoir na Cathraiche air a' Chomataidh seo; 's iad na Buill eile air a' Chomataidh seo Cathraichean na Comataidh Sgrùdaidh agus Comataidh Leasachadh na Gàidhlig agus an t-Oifigear Cunnatachail. Choinnich a' Chomataidh seo tri tursan ann an 2014/15.

COMMITTEES OF THE BÒRD

Audit Committee

The Bòrd has an Audit Committee which meets at least three times a year. It comprises three Bòrd Members, and was chaired by Coll MacDonald.

The external and internal auditors attend all Audit Committee meetings. The external and internal auditors are given the opportunity to speak confidentially to the Committee members. The purpose of the Audit Committee is to monitor and review risk, control and corporate governance. It operates independently and reports to the Bòrd.

During the year Members of the Audit Committee carried out a self-assessment review based on the Scottish Audit Committee Handbook. This review concluded that the fundamental principles and good practice required for an effective Audit Committee as given in the "Audit Committee Handbook", published by the Scottish Government, were being achieved.

Policy and Finance Committee

The role of this Committee is to provide advice to the Bòrd to ensure efficient and effective financial planning and strategic operational performance and approve grants greater than £15,000 and less than £40,000. The role of the former Remuneration Committee, which from August 2014 has been subsumed into this Committee, is to provide the Bòrd with advice on matters relating to staff remuneration and conditions of service, and to agree staff pay grading arrangements, annual pay review and performance related pay provisions.

The Committee is chaired by Elizabeth McAtear; the other Committee Members are the Chairs of the Audit Committee, the Gaelic Development Committee and the Accountable Officer. This Committee met three times during 2014/15.

Comataidh Leasachadh na Gàidhlig

Tha Comataidh Leasachadh na Gàidhlig a' dol an àite agus a' gabhail òs làimh dleastanasan na Comataidh Cleachdadh Gàidhlig agus na Comataidh Foghlaim is ionnsachaидh a bh' ann roimhe. 'S e adhbhar na Comataidh clàr-ama ullachadh, a chur an gniomh agus a sgrùdadadh airson nam Planaichean Gàidhlig aig na Buidhnean Poblach mar a thathar ag iarraidh fon Achd; agus tha e an urra riutha a bhith dèanamh measadh, luachadh agus molaidhean don Bhòrd a thaobh a bhith toirt aonta do phlanaichean; agus bidh iad ag aontachadh amasan àrd-ìre airson nam planaichean mus tèid an cur a-staigh chun nam Ministearan. Bidh a' Chomataidh seo cuideachd a' toirt taic is comhairle don sgioba Foghlaim air cùisean ro-innleachdail co-cheangailte ri foghlaim is ionnsachadh na Gàidhlig. Tha Iain MacLeod na Chathraiche airson Comataidh Leasachadh na Gàidhlig agus bidh iad a' coinneachadh co-dhiù trì tursan sa bhiadhna. Choinnich iad ceithir tursan ann an 2014/15.

Gaelic Development Committee

The Gaelic Development Committee is an amalgamation of the previous Gaelic Education and Learning and Gaelic usage Committees. This Committee's responsibility is preparing, implementing, and monitoring the schedule for Gaelic Language Plans by Public Bodies required under the Act; assessing, evaluating and making recommendations to the Bòrd on the approval of plans; agreeing high level aims for Plans prior to submission to Ministers. This Committee also supports and advises the Education team on strategic matters concerning Gaelic education and learning. The Gaelic Development Committee is chaired by John MacLeod and meets at least three times in each year. During 2014/15 it met four times.

BÒRD NA GÀIDHLIG 2014/15: BALLRACHD CHOMATAIDHEAN AGUS LÀTHAIREACHD
 BÒRD NA GÀIDHLIG 2014/15: COMMITTEE MEMBERSHIP AND ATTENDANCE

Ball Member	Bòrd Bòrd	Sgrùdadh Audit	Poileasaidh is Ionmhas Policy & Finance	Leasachadh na Gàidhlig Gaelic Development
 Iain Caimbeul - Cathraiche (Leig e dheth a dhreuchd air 01/12/2014) Iain Campbell - Cathraiche (Retired 01/12/2014)	4/4			
 Ailean Dòmhnullach - Cathraiche - Eadar-amail (Bho 1/12/2014) Allan MacDonald - Interim - Cathraiche (From 1/12/2014)	5/6		3/3	
 June Ghreumach June Graham	6/6	3/3		3/4
 Colla Dòmhnullach Coll MacDonald	4/6	3/3	3/3	
 Seona NiclllInnein (Leig i dhith a dhreuchd air 31/03/2015) Shona MacLennan (Retired 31/03/2015)	5/6	3/3	2/3	
 Dòmhnull MacLeòid Donald MacLeod	6/6			2/3
 Iain MacLeod John MacLeod	6/6		3/3	4/4
 Ealasaid Nic an t-Saoir Elizabeth McAtear	6/6		2/3	3/4
 Fiona O Hanlon Fiona O Hanlon	5/6			2/3

(An àireamh de choinneamhan aig an robh iad/an àireamh iomlan de choinneamhan a chumadh)

* Chaidh ballrachd nan comataidhean atharrachadh, mar sin tha na coinneamhan a bhuineas ris a' bhall seo a rèir sin.

(Number of meetings attended/Total number of meetings)

* Committee personnel changed so result reflects the meetings applicable to this member.

CATHRAICHE BHÒRD NA GÀIDHLIG

Bha Iain Caimbeul na Cathraiche gu 30 Samhain, agus an uair sin chaithd Ailean Caimbeul a chur an dreuchd mar Chathraiche Eadar-amaill bho 1 Dùblachd. Tha an Cathraiche cunnatachail do Mhinistearan na h-Alba às leth a' Bhùird airson dèanamh cinnteach gum bi poileasaidhean is gnìomhan Bhòrd na Gàidhlig a' cur ri coileanadh dleastanasan reachdail agus poileasaidhean ro-innleachdail coitcheann Mhinistearan na h-Alba agus gun tèid gnothaichean Bhòrd na Gàidhlig a chur an sàs le ionracas. Tha na dleastanasan corporra, air an cur an cèill gu h-àrd airson a' Bhùird, air a' Chathraiche agus air na Buill agus e gu sònraichte an urra riutha dèanamh cinnteach gun coilean Bòrd na Gàidhlig na h-amasan is cinn-uidhe a stèidhich Ministearan na h-Alba dha.

AN SGIOBA STIÙIRIDH 2014-15

Iain A MacAoidh (Ceannard gu 1 Màrt 2015)

Iain Caimbeul (Ceannard bho 2 Màrt 2015)

Alasdair MacFhionghuin
(Leasaiche Ionmhais & Seirbhisean Corporra)

Dàibhidh Boag (Leasaiche Càinain Gàidhlig)

Màiri NicIlleMhaol (Leasaiche Foghlaim & Ionnsachaidh)

Steven MacÌomhair (Manaidsear Corporra is Conaltraidh)

Bidh an Sgoba Stiùiridh a' coinneachadh uair sa mhìos agus tha e an urra riutha dleastanasan reachdail agus amasan ro-innleachdail a' Bhùird a choileanadh. San Sgoba Stiùiridh tha an Ceannard agus ceannard gach roinn obrachaidh. Tha e na amas don Sgoba Stiùiridh sàr riaghlaigh corporra a chur an sàs agus nì iad an dicheall gus am bi an ceannas, an sealladh ro-innleachdail agus àrainneachd riaghlaidh ann a tha riatanach do bhith coileanadh priomh amasan a' Bhùird.

FRÈAM CHUNNARTAN IS SMACHD

Feumaidh gach buidheann – a dh'fheumas cumail ri riatanasan Leabhran Ionmhais Poblach na h-Alba – ro-innleachd a chur an sàs airson riaghlaigh chunnartan a rèir nan stiùiridhean iomchaidh a dh'fhoillsicheas Ministearan na h-Alba.

Chithear mineachadh gu h-ìosal air mar a thèid Rian a chumail air Cunnartan. Gus rian is smachd a chumail air cunnartan mòra, thèid aontachadh ri planaichean-gnìomha, clàran-ama agus cò na manaidsearan a tha an urra riutha. Bidh an Sgoba Stiùiridh a' cumail Clàran-chunnartan, a' gabhail a-staigh planaichean-gnìomha, agus thèid an ath-sgrùudadh bho àm gu àm. Thèid aithris a dhèanamh gu cunbalach air cur an gniomh planaichean-gnìomha don Chomataidh Sgrùdaidh agus don Bhòrd. Bidh earrainn air Cunnartan anns gach plana no moladh susbainteach a thèid a chur air beulaibh a' Bhùird airson co-dhùnadh/aonta.

THE CATHRAICHE OF BÒRD NA GÀIDHLIG

The Cathraiche until 30 November was Iain Campbell and from 1 December Allan MacDonald was appointed as Interim Chair. The Cathraiche is responsible to Scottish Ministers on behalf of the Bòrd, for ensuring Bòrd na Gàidhlig's policies and actions support delivery of the statutory functions and the wider strategic policies of the Scottish Ministers; and that Bòrd na Gàidhlig's affairs are conducted with probity. The Cathraiche shares with other Bòrd members the corporate responsibilities set out above for the Bòrd and, in particular, for ensuring that Bòrd na Gàidhlig fulfils the aims and objectives set by the Scottish Ministers.

SENIOR MANAGEMENT TEAM 2014-15

John A MacKay (Ceannard to 1 March 2015)

Iain Campbell (Ceannard from 2 March 2015)

Alasdair MacKinnon
(Head of Finance & Corporate Affairs)

David Boag (Head of Gaelic Usage)

Mary MacMillan (Head of Education & Learning)

Steven MacIver (Corporate & Communications Manager)

The Senior Management Team meets once a month and is responsible for delivering the statutory functions and strategic aims of the Bòrd. The Senior Management Team consists of the Ceannard and the Head of each operating unit. The Senior Management Team is committed to high standards of corporate governance and strives to provide the leadership, strategic oversight and control environment required to deliver the Bòrd's key aims.

THE RISK AND CONTROL FRAMEWORK

All bodies subject to the requirements of the Scottish Public Finance Manual (SPFM) must operate a risk management strategy in accordance with relevant guidance issued by the Scottish Ministers.

The Risk Management process is outlined below. To manage and control significant risks, action plans, timescales and responsible managers are agreed. Risks Registers, including action plans, are maintained and periodically reviewed by the Senior Management Team. Implementation of action plans to manage risk is reported regularly to the Audit Committee and the Bòrd. A section on Risks is included in all significant plans and proposals submitted to the Bòrd for decision/approval.

Thèid an Ro-innleachd airson Rian air Cunnartan agus an Clàr-chunnartan an ath-sgrùdadh gu cunbalach leis a' Chomataidh Sgrùdaidh.

Tha e na amas don Bhòrd a bhith sìor leasachadh agus a' toirt piseach air cùisean le bhith ag ùrachadh ar siostaman a rèir ath-sgrùdaidhean is leasachaidhean iomchaidh sam bith a bhios ann a thaobh deagh ghnè san raon seo, an lùib sin:

- nithear cinnteach gu bheil prionnsabalan air cùl Rian air Cunnartan fighte ann an stiùireadh coitcheann na buidhne;
- thèid an Clàr-chunnartan ùrachadh gu cunbalach;
- a' cumail oirnn le bhith cur an sàs trèanadh airson a bhith mothachadh do chunnartan, agus ar buidhnean com-pàirt mar phàirt de seo;
- bheir Cathraiche na Comataidh Sgrùdaidh aithrisean seachad don Bhòrd bho àm gu àm, le fios mu in-smachd; agus
- nithear cinnteach gum bi rian air cunnartan mar phàirt de ar siostaman a thaobh mar a tha am Bòrd a' toirt tabhartasan seachad agus ann am planadh corporra san fharsaingeachd.

Tha am Bòrd a' cumail ris a' phoileasaidh aig Riaghaltas na h-Alba a thaobh Tèarainteachd Fiosrachaidh, agus tha Priomh Shealbhadair Chunnartan a thaobh Fiosrachaidh againn gus rian a chumail air cunnartan do dh'friosrachadh.

IN-SGRÙDADH

Tha an obair in-sgrùdaidh na phàirt riatanach den t-siostam in-smachd. Thug TirArd MacKenzie seirbheis in-sgrùdaidh don Bhòrd sa bhliadhna ionmhais seo, an lùib na h-obrach aca rinn iad mion-sgrùdadh air cunnartan a bh' ann don Bhòrd. Chaidh aithisgean a dhèanamh air Suimeannan Pàighe le Luchdfiach, Planadh airson Stiùireadh Ionmhaisail, A' Cur Siostaman an Sàs, Tabhartasan do na Priomh Bhuidhnean Gàidhlig agus A' Solarachadh Sheirbheisean. Gheibhean toraidhean an in-sgrùdaidh, na molaidean agus na gniomhan aontaichte sna h-aithisgean fa leth a gheibh an luchd-stiùridh tron bhliadhna, agus thèid gearr-chunntasan orra sin a chur ris na h-aithisgean ràitheil a gheibh a' Chomataidh Sgrùdaidh. Nan cois sin tha beachd air cho iomchaidh agus buadhach 's a tha an siostam in-smachd, agus molaidean airson leasachaidhean a thèid a chur an sàs leis an luchd-stiùridh.

Mar thoradh air an In-sgrùdadh thèid aithisg fhoillseachadh gach bliadhna le beachd air an t-siostam in-smachd. Bidh an Luchd In-sgrùdaidh a' gabhail beachd air an fhrèam smachd agus iad a' gabhail ealla ri:

- Toraidhean nan sgrùdaidhean a rinneadh air feadh na bliadhna, agus gniomhan a dh'aontaich an luchd-stiùridh a dhèanamh ri linn na chaidh a lorg leis na sgrùdaidhean
- Gniomhan a rinn luchd-stiùridh mu choinneamh mholaidean bho sgrùdaidhean eile
- Cho mothachail 's tha luchd-obrach air cùisean co-cheangailte ri smachd agus cho deònach agus a tha iad cùisean a leasachadh

The Risk Management Strategy and Risk Register are regularly reviewed by the Audit Committee.

The Bòrd is committed to a process of continuous development and improvement by developing systems in response to any relevant reviews and developments in best practice in this area to:

- ensure that Risk Management principles are embedded as part of normal management process;
- regularly update the Risk Register;
- continue risk awareness training, including partner organisations;
- receive periodic reports from the Chair of the organisation's Audit Committee to the Bòrd, concerning internal control; and
- ensure that systems continue to incorporate risk management into the Bòrd's funding awards and into its overall corporate planning process.

The Bòrd follows the Scottish Government policy on Information Security and has a Senior Information Risk Owner in place to manage risk to information.

INTERNAL AUDIT

The internal audit function is an integral part of the internal control system. The Bòrd's internal audit service for the financial year was provided by TirArd MacKenzie, who undertook work based on an analysis of the risk to which the Bòrd was exposed. Reports have been produced which covered Creditor Payments, Financial Management Planning, Systems Implementation, Grants to Principal Gaelic Bodies and the Procurement of Services. The internal audit findings, recommendations and agreed actions are presented in the individual reports issued to management during the year, and are summarised in the quarterly reports presented to the Audit Committee. These include an opinion on the adequacy and effectiveness of the system of internal control, together with recommendations for improvements, which are implemented by management.

Each year Internal Audit issues an annual report which includes an opinion on the system of internal control. Internal Audit's opinion on the framework of controls is based on the following considerations:

- The results of audits undertaken during the year, and remedial actions agreed with management in response to findings
- Actions taken by management in response to previous audit recommendations
- Control awareness amongst employees and appetite for implementing improvements

'S e am beachd airson 2014/2015 gu bheil "An Neach In-sgrùdaidh den bheachd, a rèir na h-obrach a rinn iad air feadh 2014/15, gu bheil frèam smachd freagarrach aig Bòrd na Gàidhlig sna siostaman air an do rinneadh sgrùdadh".

IN-SMACHD

Tha an siostam in-smachd na phàirt cudromach de ar frèam riaghlaidh agus chaithd a dhealbh gus rian reusanta a chumail air cunnartan. Chan urrainn dha cur às don a h-uile cunnart a th' ann nach coilean sinn ar poileasaidhean, amasan is cinn-uidhe agus mar sin chan fhaodar a bhith gu tur cinnteach às cho èifeachdach 's a bhios e. Tha an siostam in-smachd stèidhichte air innleachdan leantainneach a chaithd a dhealbh gus cunnartan, do choileanadh phoileasaidhean, amasan agus cinn-uidhe Bhòrd na Gàidhlig, a chomharrachadh agus cudrom a chur orra. Cuideachd tha e a' measadh dè cho buailteach agus a tha e gun tig na cunnartan sin gu bith agus dè a' bhuaidh a bhiodh aca, agus chaithd an siostam a dhealbh gus cunnartan a riaghlaidh le èifeachd, buaidh agus gun chus cosgais.

Tha an siostam in-smachd air a bhith an sàs airson na bliadhna a chriochnaich air 31 Màrt 2015, agus suas chun a' chinn-latha a fluair an aithisg bhliadhnaile is cuinntasan aonta, agus a rèir stiùridhean Mhinistearan na h-Alba a gheibhear ann an SPF.M.

ATH-SGRÙDADH AIR ÈIFEACHD IN-SMACHD AGUS RIAN AIR CUNNARTAN

Mar an t-Oifigear Cunntachail, tha e an urra riumsa ath-sgrùdadh a dhéanamh air èifeachd an t-siostaim in-smachd agus modhan gus rian a chumail air cunnartan. Bidh am fiosrachadh a leanas gam chuideachadh le seo:

- Teisteanas Dearbhachd le liosta-dearbhaidh in-smachd air a choileanadh, a bheir an Leasaiche Ionmhais is Seirbheisean Corporra dhomh agus sin a' dearbhadh gu bheil na modhan smachd ag obair gu math agus mas iomchaidh bheirear iomradh air duilgheadasan sam bith;
- Obair an luchd in-sgrùdaidh, a bheir aithisgean gu cunbalach do Chomataidh Sgrùdaidh a' Bhùird (nan cois sin tha am beachd neo-eisimeileach is cothromach air cho iomchaidh is buadhach 's a tha siostaman in-smachd a' Bhùird agus molaidhean airson leasachaidd);
- Beachdan a chuir Sgrùdadh na h-Alba don litir stiùridh aca agus aithisgean eile;
- An aithisg bhliadhnaile a gheibh mi bho Chathraiche na Comataidh Sgrùdaidh, le fiosrachadh mu obair na comataidh air feadh na bliadhna; agus
- Ath-sgrùdaidhean ràitheil bhon Chomataidh Sgrùdaidh air clàran-chunnartan na buidhne agus obair an in-sgrùdaidh agus iad a' measadh dè cho èifeachdach agus a tha modhan gus rian a chumail air cunnartan.

The opinion for year 2014/2015 is that "On the basis of work undertaken during the year 2014/15, the Internal Auditor therefore considers that Bòrd na Gàidhlig has a satisfactory control framework in the systems reviewed".

INTERNAL CONTROL

The system of internal control is a significant part of the governance framework and is designed to manage risk to a reasonable level. It cannot eliminate all risk of failure to achieve policies, aims and objectives and can therefore only provide reasonable and not absolute assurance of effectiveness. The system of internal control is based on an on-going process designed to identify and prioritise the risks to the achievement of Bòrd na Gàidhlig's policies, aims and objectives; to evaluate the likelihood of those risks being realised, the impact should they be realised and to manage them efficiently, effectively and economically.

The system of internal control has been in place for the year ended 31 March 2015, and up to the date of approval of the annual report and accounts, and accords with guidance from Scottish Ministers provided in the SPF.M.

REVIEW OF EFFECTIVENESS OF INTERNAL CONTROL AND RISK MANAGEMENT

As Accountable Officer, I have responsibility for reviewing the effectiveness of the system of internal control and risk management arrangements. My review is informed by:

- A certificate of assurance supported by a completed internal control checklist, provided by the Head of Finance and Corporate Affairs that the controls are working well and, if applicable, stating areas of concern;
- The work of internal auditors, who submit regular reports to the Bòrd's Audit Committee; (this includes their independent and objective opinion on the adequacy and effectiveness of the Bòrd's systems of internal control together with recommendations for improvement);
- Comments made by Audit Scotland in their management letter and other reports;
